



From mountain to sea

**Aberdeenshire**  
COUNCIL



# **Comhairle Siorrachd Obar Dheathain:**

Aithisg Coileanaidh Bhliadhnail

2022-23

Ma tha lethbhreac den sgrìobhainn seo a dhìth ort ann an cànan eile no ann an clò mòr no Braille, cuir fòn gu 01467 536139.

Jeśli chcesz otrzymać kopię tego dokumentu w innym języku, napisanego dużą czcionką lub w języku Braille'a, proszę zadzwonić pod numer 01467 536139.

Ja Jums ir nepieciešama šī dokumenta kopija citā valodā, lielformāta drukā vai braila rakstā, lūdzu, zvaniet pa tālruni: 01467 536139.

Если Вы нуждаетесь в копии этого документа на другом языке, укрупненным шрифтом или шрифтом Брайля, просим Вас позвонить по телефону 01467 536139.

Prašau skambinkite tel. 01467 536139, jei jums reikalinga į jūsų kalbą išversto dokumento kopija ar pageidaujate didelėmis raidėmis ar Brailiu.

# Clàr-innse

<b>FÀILTE</b> .....	<b>4</b>	<b>MÀRR: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>37</b>
<b>A' LÌBHRIGEADH SEIRBHEISEAN COMHAIRLE SIORRACHD OBAR DHEATHAIN</b> .....	<b>5</b>	<b>GAIRBHEACH: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>38</b>
<b>FACAL-TÒISEACHAIDH: Plana na Comhairle againn 2020-22</b> .....	<b>6</b>	<b>BANBH IS BÙCHAINN: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>39</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE AGAINN 2022-27</b> .....	<b>7</b>	<b>FEARANN MHÀRTAINN: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>40</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22 Geàrr-chunntas</b> .....	<b>8</b>	<b>CEANN CHÀRDAINN IS A' MHAOIRN: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>41</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22 Daoine – Foghlam</b> .....	<b>10</b>	<b>CÒ RIS A THA SINN COLTACH AN TACA RI CÀCH?</b> .....	<b>42</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22 Daoine – Slàinte is Sunnd</b> .....	<b>12</b>	<b>FREAGAIRT ÈIGINNEACH: Operation Unicorn</b> .....	<b>43</b>
<b>NA DAOINE AGAINN: Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh</b> .....	<b>15</b>	<b>COM-PÀIRTEACHADH PLANAIDH COIMHEARSNACHD PLANADH BUILEAN IONADAIL: (LOIP)</b> .....	<b>44</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22 Àrainneachd – Bun-structair</b> .....	<b>18</b>	<b>A' RIAGHLADH AR CUID IONMHAIS</b> .....	<b>46</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22 Àrainneachd – Coimhearsnachdan Ath-leumach</b> .....	<b>20</b>	<b>A' LÌBHRIGEADH AN LUACH AS FHEÀRR</b> .....	<b>48</b>
<b>AN ARAINNEACHD AGAINN: Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh</b> .....	<b>24</b>	<b>PLANA LEASACHAIDH CORPORRA</b> .....	<b>49</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22: Eaconamaidh – Eaconamaidh is Iomairt</b> .....	<b>26</b>	<b>A' LÌBHRIGEADH AN LUACH AS FHEÀRR:</b>	
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2020-22: Eaconamaidh – Ùrachadh Oighreachd</b> .....	<b>29</b>	<b>Sgrùdadh bhon taobh a-muigh</b> .....	<b>50</b>
<b>AN EACONAMAIDH AGAINN Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh</b> .....	<b>31</b>	<b>NA DH'INNIS SIBH DHUINN Lorgaire cliù</b> .....	<b>51</b>
<b>PLANA NA COMHAIRLE 2022-27: Geàrr-chunntas</b> .....	<b>33</b>	<b>NA DH'INNIS SIBH DHUINN Gearanan</b> .....	<b>52</b>
<b>BÙCHAINN: Dè tha dol san sgìre agad?</b> .....	<b>36</b>	<b>NA DH'INNIS SIBH DHUINN Molaidhean</b> .....	<b>53</b>

# Fàilte



**Jim Savege**  
Àrd-oifigear

**Tha Aithisg Coileanaidh Bhliadhnail Siorrachd Obar Dheathain fhathast na clach-oisinn den dealas daingean againn a thaobh follaiseachd agus cunntachalachd, agus i a' toirt seachad sealladh farsaing air ar coileanadh agus raointean leasachadh sa bhliadhna aithris.**

Tha an aithisg seo airson na h-ùine bho 1 Giblean 2022 gu 31 Màrt 2023, ag aithris air ar prìomh shoirbheasan agus cuideachd a' comharrachadh slighean airson fàs is leasachadh.

Tha an àrainneachd anns a bheil sinn ag obair fhathast air leth dùbhlach, le barrachd iarrtasan gan dèanamh air luchd-obrach a tha mar-thà ag obair fìor chruaidh agus a tha gu math claidhte. Tha mi air leth pròiseil à dealas an luchd-obrach againn aig àm fìor dhoirbh agus mì-chinnteach a bhios a' leantainn fad bliadhnaichean ri thighinn, a rèir coltais, agus cuideaman buidseit mòra gu bhith mu ar coinneamh. Tha sunnd luchd-obrach fhathast na phrìomhachas oir tha sinn ag aithneachadh nan iarrtasan obrach mòra cho math ris na dùbhlain phearsanta a tha gach neach a' faireachdainn.

Taobh a-staigh na h-aithisge seo, tha sinn ag amas air tuigse fharsaing a thoirt seachad an dà chuid air na soirbheasan againn agus air raointean far an urrainn dhuinn piseach a thoirt air ar coileanadh agus, aig a' cheann thall, air builean airson nan coimhearsnachdan a tha sin a' frithealadh. Le bhith a' coimhead air ais air an dà mhìos dheug a dh' fhalbh, tha sinn ag amas air lèirsinn luachmhor a thoirt seachad a chuidicheas gus co-dhùnidhean fiosraichte a dhèanamh agus a chuireas air adhart ar dealas coitcheann a thaobh leasachadh leantainneach.

A' togail air na bunaitean làidir ann am Plana Comhairle 2020, tha sinn air ar fòcas air coileanadh a neartachadh agus air Plana Comhairle agus prìomhachasan nas soilleire agus nas cuimsichte a thoirt a-steach.

Tha sinn an dòchas gun toir an aithisg seo blasad dhuibh air cuid de na rudan a choilean sinn thar na bliadhna a dh'fhalbh agus gun toir i soilleireachd seachad mun obair a dh'ionnsaigh ar prìomhachasan thar na bliadhna ri teachd agus às dèidh seo.

An robh fhios agad...

# A' lìbhrigeadh Seirbheisean Comhairle Siorrachd Obar Dheathain:



# Ro-ràdh: *Plana na Comhairle againn 2020-22*

Ann an Dàmhair 2020, dh'ùraich Comhairle Siorrachd Obar Dheathain Plana na Comhairle mar thoradh air cho luath 's a bha an cruth-tìre ag atharrachadh anns an robh sinn ag obair aig an àm. Bha am plana stèidhichte air trì colbhan: **Ar Daoine, Ar n-Àrainneachd, agus Ar n-Eaconamaidh.** Fhuair na colbhan sin taic bho phrìomhachasan ro-innleachdail, a chaidh a dhaingneachadh tuilleadh le planaichean buidhnean-stiùiridh agus sgìreil. Rinn an dòigh-obrach seo cinnteach gun robh a h-uile duine taobh a-staigh na buidhne a' tuigsinn an àite aca ann a bhith a' libhrigeadh nam prìomhachasan ùra agus a' cur ri atharrachadh brìoghmhor.

Bha na prìomhachasan ro-innleachdail againn mar fhreagairt dhìreach air na dùbhlain a bha mu choinneamh na Comhairle agus nan coimhearsnachdan againn agus bha pàirt chudromach aca ann a bhith a' cumadh na Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine ùire. Le bhith a' stèidheachadh nam prìomhachasan ro-innleachdail sin, tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain a-nis anns an àite as fheàrr gus a h-amasan a choileanadh.

Chaidh gach fear de phrìomhachasan seirbheis na comhairle a cho-thaobhadh ris na prìomhachasan ro-innleachdail co-cheangailte, a' sealltainn co-leanailteachd agus co-obrachadh.

## Na daoine againn

- Foghlam
- Slàinte is sunnd

## An Àrainneachd againn

- Bun-structar
- Coimhearsnachdan
- Ath-leumach

## An Eaconamaidh againn

- Eaconamaidh is Iomairt
- Ùrachadh Oighreachd



# Plana na Comhairle againn 2022-27

**Às dèidh taghadh na Comhairle ùr sa Chèitean 2022, chomharraich an Rianachd prìomhachasan ùra airson nam bliadhnaichean ri thighinn. Bha na Prìomhachasan Ro-innleachdail ùra air an stiùireadh le dàta, stèidhichte air ar Measadh Ro-innleachdail 2022/23 a bharrachd air dàta bho ar Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd agus bho gheallaidhean manifesto ionadail. Chruthaich stiùirichean, ann an co-obrachadh leis na Cathraichean Poileasaidh fa leth, comharran coileanaidh a sheall gu soilleir mar a libhrigeas Seirbheisean na Comhairle na Prìomhachasan agus na builean ris a bheil dùil. San t-Samhain 2022, chaidh Plana ùr na Comhairle airson 2022-27 aontachadh.**

Tha Plana na Comhairle againn a' toirt cunntas air na prìomhachasan againn airson nam bliadhnaichean ri teachd. Tha e a' mìneachadh ar dòigh-obrach ro-innleachdail airson a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan is ghniomhachasan Siorrachd Obar Dheathain gus soirbheachadh, airson a bhith ag obair le ar com-pàirtichean gus aghaidh a thoirt air dùbhlain nan cosgaisean bith-beò agus neo-ionannachdan a tha a' sìor fhàs, a bhith a' cumail oirnn ag ath-shlànachadh bhon ghalar lèir-sgoilte agus a' freagairt gu math ri atharrachadh na gnàth-shìde, agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Siorrachd Obar Dheathain na h-àite aoigheil airson a bhith a' tadhal air, a' fuireach agus ag obair ann. Tha ar fòcas air a bhith a' fàs na h-eaconamaidh ionadail agus a' brosnachadh coimhearsnachdan fallain agus ath-leumach. Tha sinn àrd-amasach nar miannan agus tha sinn a' meudachadh chothroman gus maoinachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh airson pròiseactan a chuidicheas sinn le bhith a' libhrigeadh ar prìomhachasan. Tha ar prìomhachasan ro-innleachdail a rèir nan dùbhlain a tha fa chomhair na Comhairle agus a' fiosrachadh na Ro-innleachd Ionmhais Mheadhan-ùine againn gus dèiligeadh ri easbaidh ionmhasail mòr a tha fios againn a tha gu bhith ann. Tha sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de chothroman a bhith ag obair le com-pàirtichean, a' cur air adhart èifeachdas tro gach phàirt den Chomhairle agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn sùbailte agus mothachail air feumalachdan nan coimhearsnachdan againn. Tha sinn a' leantainn oirnn a' tasgadh nar sgioba-obrach, gus am bi iad comasach, sgileil agus comasach air atharrachadh. Tha na leanas a' toirt seachad tar-shealladh de na prìomhachasan ùra againn agus air na builean a tha a' co-thaobhadh riutha.

Tha an aithisg seo airson àm far an robhar a' gluasad eadar diofar Phlanaichean Comhairle. Tha e a' taisbeanadh an fhiosrachaidh coileanaidh mu dheireadh mu choinneamh nam prìomhachasan a bh' againn roimhe a bharrachd air gearr-chunntas àrd-ìre air coileanadh mu choinneamh nam prìomhachasan làithreach againn. Tha aithris coileanaidh mu choinneamh Plana na Comhairle airson 2022-27 aig ìre thràth agus chaidh Planaichean Gnothachais agus comharran coileanaidh seirbheise aontachadh aig Comataidhean Poileasaidh as t-Earrach 2023. Thathar an dùil gun tòisich aithris chunbhalach mu choinneamh nam prìomhachasan ùra againn as t-Fhoghar 2023.



## Ionnsachadh fad Beatha

- Tha clann agus daoine òga nas ullaichte airson saoghal na h-obrach tro bhith a' gabhail pàirt ann an slighean a chumas taic ri togail sgìlean airson ionnsachadh, beatha agus obair.
- Bidh Òigridh a tha no a bha ann an cùram agus an fheadhainn le feumalachdan taic a bharrachd a' soirbheachadh agus a' faighinn taic gus an làn chomais a choileanadh
- Gus taic agus àrach a thoirt do na daoine òga againn agus gus dèanamh cinnteach gu bheil iad an sàs ann an co-dhùnaidhean gu gnìomhach far a bheil sin comasach
- Tha comas aig muinntir an àite a bhith a' coileanadh prìomh dhùbhlain agus eadar-ghluasadan nam beatha tro chothroman ionnsachaidh.

Faigh a-mach barrachd mu [Ionnsachadh fad Beatha](#)

## Coimhearsnachdan Ath-leumach

- Cruthaich agus cuir an gnìomh Ro-innleachd Àite a bhios a' beachdachadh air feumalachdan choimhearsnachdan aig an àm seo agus san àm ri teachd
- Cùm taic ri coimhearsnachdan gus taic a chumail riutha fhèin agus broснаich agus cuidich le bhith a' libhrigeadh prìomhachasan coimhearsnachd.
- Cuir ri cothroman beatha nan daoine a th' ann an cunnart fulang bho bhochdainn, no a tha ann am bochdainn mar-thà.
- Brosnaich barrachd com-pàirteachadh le coimhearsnachdan ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra

Faigh a-mach barrachd mu [Coimhearsnachdan Ath-leumach](#)

## Fàs eaconamach

- Cuir ri ceanglaichean didseatach air feadh Siorrachd Obar Dheathain le bhith a' coiteachadh airson bun-structar nas fheàrr agus a bhith a' toirt seachad comhairle is taic do choimhearsnachdan agus do ghnìomhachas
- A' toirt comas do bhuidhnean coimhearsnachd agus do ghnìomhachasan cothrom fhaighinn air maoinachadh pròiseict.
- Brosnaich agus àraich cultar tionngalachd taobh a-staigh na sgìre
- Cùm taic ri gnìomhachasan ùra, is gnìomhachasan a th' ann mar-thà, a' cruthachadh farpaiseachd agus a' toirt seachad cothroman obrach cothromach.
- Leasaich na prìomh roinnean againn agus faigh in-thasgadh gus fàs eaconamach a chumail suas

Faigh a-mach barrachd mu [Fhàs Eaconamach](#)

## Slàinte agus Sunnd

- Cuir ri slàinte is sunnd daoine sna coimhearsnachdan againn, a' toirt seachad cùram is taic far a bheil sin a dhìth.
- Cùr an comas agus libhrig solar taigheadais de dheach chàileachd, le èifeachdas lùths agus a tha ruigsinneach..
- Fòcas air a bhith a' toirt piseach air slàinte-inntinn tro ghnìomhachd chorporra is chultarach

Faigh a-mach barrachd mu dheidhinn [Slàinte is Sunnd](#)

## Bun-structar agus Stòrasan Poblach

- libhrig prògram calpa àrd-amasach ach air prìs reusanta
- Cruthaich Oighreachd Comhairle a tha iomchaidh gus seirbheisean poblach a libhrigeadh a tha a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan againn aig an àm seo agus san àm ri teachd.
- Libhrig lìonra rathaidean a chumas taic ri modhan siubhail measgaichte agus seasmhach
- Brosnaich sàbhailteachd luchd-coiseachd agus broснаich siubhal gnìomhach nar coimhearsnachdan uile

Faigh a-mach barrachd mu dheidhinn [Bun-structar agus Stòrasan Poblach](#)

## Atharrachadh na gnàth-shìde

- Dèan lùghdachadh 75% ann an eimiseanan carboin ro 2030 agus ruig Cothromachadh-carboin ro 2045, leis a' Chomhairle a' nochdadh ceannais tro Bhuidseat a' Charboin agus tro sheata innealan lùghdachaidh carboin.
- Cuir ri uiread agus càileachd an ath-chuairteachaidh a tha ga chruinneachadh ann an Siorrachd Obar Dheathain agus lùghdaich an uiread de sgudal a tha a' dol gu lìonadh talmhainn.
- Thoir taic do agus broснаich siubhal seasmhach agus gnìomhach

Faigh a-mach barrachd mu [Atharrachadh na gnàth-shìde](#)



# Plana na Comhairle 2020-2022

## Geàrr-chunntas

### TAR-SHEALLADH

**Nuair a chaidh crìoch a chur air Plana na Comhairle bho 2020 san t-Samhain 2022, bha sinn air adhartas math a dhèanamh leis a' mhòr-chuid de na prìomhachasan ro-innleachdail againn agus bha sinn a' coileanadh gu math mu choinneamh a' mhòr-chuid de na prìomhachasan seirbheis againn.**


#### Na rinn sinn gu math

- A' toirt taic do dhaoine gus dòighean-beatha gnìomhach agus fallain a bhith aca
- A' brosnachadh siubhal gnìomhach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan air feadh Siorrachd Obar Dheathain deònach atharrachadh a rèir buaidhean atharrachadh gnàth-shìde a' gabhail a-steach cunnart bho thuiltean
- Lìbhrigeadh èifeachdach prìomhachasan na Comhairle tro phrògram ùr-ghnàthachaidh didseatach agus seirbheisean stèidhichte air an eadar-lìon
- A' cruthachadh cùram le daoine aig a' chridhe a tha air a lìbhrigeadh gu seasmhach.
- A' cumail taic dhaibhsan a tha ann an cunnart a bhith gun dachaigh

#### Far am feum sinn dèanamh nas fheàrr

- Com-pàirteachadh coimhearsnachd agus buidseatadh com-pàirteachail
- A' lùghdachadh neo-ionannachd bhuilean thar nan coimhearsnachdan againn
- Tha cothrom aig a h-uile duine air àite-fuirich agus taic taigheadais iomchaidh far a bheil sin a dhìth
- Dèan cinnteach gu bheil sgudal agus ath-chuairteachadh a' cumail taic ris an àrainneachd tharraingeach againn agus a' lùghdachadh eimiseanan
- A' lìbhrigeadh seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta stèidhichte sa choimhearsnachd

A' coileanadh ar comharran coileanaidh – inbhe RAG




## Plana na Comhairle 2020-22

## Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis:  3  1

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha e coltach gur e stadastaireachd 2021-22 a thèid a thoirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.

## Daoine: Foghlam



Iuchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Daoine: Foghlam

Tha prìomhachasan na Comhairle co-cheangailte ri Foghlam a' gabhail a-steach:

- Faigh builean leantainneach airson A H-UILE pàiste is duine òg
- Rèiteachaidhean obrach amalaichte nas fheàrr a bhith ann
- Taic gnìomhachais agus stiùireadh ghoireasan nas fheàrr an sàs
- Cruthaich agus libhrig LLA ùraichte.

## PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN:

### ■ SOLAR TRÀTH-IONNSACHADH IS CÙRAM

**CLOINNE:** Tha còrr is 90% de chlann a tha dà bhliadhna a dh'aois, agus còrr air 97% de chlann a tha trì, ceithir agus còig bliadhna a dh'aois a' faighinn cothrom air àite maoinichte, a' faighinn còrr is 900 uair a thìde de sholar tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne am-bliadhna. Leis an tuisge gum faodar buannachdan leasachaidh a choileanadh mus tig clann dhan bhun-sgoil ma gheibh clann nas òige cothrom air a' chòir aca de chùram-chloinne/ tràth-ionnsachadh maoinichte, tha Siorrachd Obar Dheathain a' leantainn air adhart a' toirt taic do mheudachadh ann an ruigsinneachd agus sùbailteachd solair.

### ■ PLANA LÌBHRIGIDH OBAIR SHÒISEALTA ÒIGRIDH AIRSON AN ÀM RI TEACHD:

Chaidh an gnìomh pròiseict ann am Plana Libhrigeadh Seirbheis Obair Shòisealta na Cloinne san àm ri Teachd a chomharrachadh mar 100% crìochnaichte ann an R3 2022/23, leis na 14 raointean prìomhachais uile air am mineachadh sa Phlana Libhrigeadh ri Teachd agus san aithisg adhartais trì-bliadhna uile air an crìochnachadh. Bhathar a' cur crìoch air Plana Libhrigidh ùr airson 2022-25 leis a chuairt trì bliadhna de dh'fhèin-mheasadh air a leabachadh, le cuairt làidir de bharantachadh càileachd/ obair sgrùdaidh air a dhèanamh a thug buaidh shusbainteach air prìomh raointean obrach, leithid dleastanas.

■ **OBAIR IOMA-BHUIDHNEACH** Tha eisimpleirean fìor mhath ann fhathast de cho-obrachadh ioma-bhuidhneach air pròiseactan fa leth a chùim leas dhaoine òga. Mar eisimpleir, co-obrachadh eadar obair shòisealta agus taigheadas a thaobh Fòraman Taigheadais Òigridh agus gus am pròiseact ùr Stepping Stone a chruthachadh a bheir taic do dhaoine òga gluasad air adhart gu neo-eisimeileachd. A bharrachd air sin, tha an co-obrachadh eadar dachaighean chloinne agus Seirbheisean Slàinte-inntinn Chloinne is Òigridh (CAMHS) ann gus co-chomhairlean mìosail a libhrigeadh airson gach dachaigh chloinne. 'S e eisimpleir eile de dh'obair com-pàirteachais a th' anns an obair eadar obair shòisealta agus Colaiste Ear-thuath na h-Alba (NESCOL) gus Fòram Foghlam na h-Òigridh a chruthachadh.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN:

- **ÌREAN LITEARRACHD CO-MHEASGTE** Ged a tha ìrean amalaichte Siorrachd Obar Dheathain airson Litearrachd Beurla air a dhol suas an coimeas ri seisean 2020/21 thar nan trì bliadhna/ìrean bun-sgoile a chaidh a chruinneachadh anns na h-ìrean bliadhna anns an aithris Coileanaidh bhliadhna den Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE) airson seisean sgoile 2021/22, tha iad nas ìsle na h-ìrean a chaidh a choileanadh gu nàiseanta (67.5% an taca ri 70.5%). Ach, tha gnìomhachd leasachaidh a' dol air adhart agus na h-ath cheumannan ro-innleachdail a tha an sàs gus amasan sinthe a stèidheachadh a tha a' gabhail a-steach a bhith ag brosnachadh eadar-theachdan Maoin Co-ionannachd Sgoile stèidhichte air rannsachadh, a' co-roinn deagh chleachdadh ann an cleachdaidhean breithneachadh proifeasanta luchd-teagaisg ann am modaratadh, agus a' neartachadh obrachadh ioma-bhuidhneach èifeachdach.
- **CUIDEAMAN AIR SEIRBHEISEAN:** Tha cuideam ann a thaobh a' chomais gnìomhachd leasachaidh a thoirt air adhart thar nam buidhnean "Ga fhaighinn ceart airson gach leanab" leis na dùbhlain a th' ann a thaobh trusadh, glèidheadh, agus iarrtas nas motha aig amannan de dh'adhartas slaodach.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh prìomhachasan](#)

Plana na Comhairle 2020-22

# Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis: 9 7

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha e coltach gur e stadastaireachd 2021-22 a thèid a thoirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.

## Daoine: Slàinte agus Sunnd

Gus builean leantainneach fhaighinn airson A H-UILE pàiste is duine òg	Gum bi ullachaidhean obrach amalaichte nas fheàrr ann gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn is daoine òga	Taic comhairle agus riaghladh gnothachais èifeachdach	Tha ar planaichean sgioba-obrach seasmhach, air prìs reusanta agus a' cumail taic ri sunnd luchd-obrach	Gus slàinte a' phobail, slàinte-inntinn is corporra coimhearsnachd a dhìon agus gus taic a chumail rithe agus gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail agus sinn ag atharrachadh gus gabhail ri beatha le COVID-19
<b>Gnìomhan</b> 18 0 5 <b>PCCan</b> 10 5 2 0	<b>Gnìomhan</b> 9 0 2 <b>PCCan</b> 3 1 0 0	<b>Gnìomhan</b> 6 0 2 <b>PCCan</b> 4 1 8 2	<b>Gnìomhan</b> 3 0 0 <b>PCCan</b> 1 1 2 0	<b>Gnìomhan</b> 5 0 8 <b>PCCan</b> 0 0 0 2
Àiteachan fosgailte a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach, fallain	Lionra solais rathaid is sràide a chumas daoine sàbhailte, a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach agus a chuireas ri cothroman siubhail gnìomhach	Seirbheis sgudail is ath-chuairteachaidh a bheir taic dhan àrainneachd tharraingeach againn agus a lùghdaicheas eimiseanan	Tha coinsiumairean cinnteach gu bheil gnìomhachasan a' cumail ri riaghailtean.  Tha gnìomhachasan a' faighinn taic gus dèanamh cinnteach gu bheil ar cumail ri reachdas, iomadachadh eaconamach, agus eadar-ghluasad lùths	
<b>Gnìomhan</b> 13 0 14 <b>PCCan</b> 0 0 2 0	<b>Gnìomhan</b> 40 0 20 <b>PCCan</b> 5 2 2 4	<b>Gnìomhan</b> 8 0 26 <b>PCCan</b> 0 0 1 0	<b>Gnìomhan</b> 7 0 1 <b>PCCan</b> 1 0 2 0	

luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Daoine: Slàinte agus Sunnd

Tha e furasta agus sàbhailte gluasad mun cuairt ann an sgìrean ionadail a' cleachdadh slighean siubhail gnìomhach, sràidean agus rathaidean de dheagh chàileachd

<b>Gnìomhan</b>	6	0	17	
<b>PCCan</b>	0	0	0	0

Tha seirbheisean stèidhichte sa choimhearsnachd air an libhrigeadh ann an slàinte agus cùram sòisealta

<b>Gnìomhan</b>	1	0	3	
<b>PCCan</b>	2	2	1	0

Tha cùram stèidhichte air an neach air a libhrigeadh ann an dòigh sheasmhach

<b>Gnìomhan</b>	1	0	0	
<b>PCCan</b>	3	0	0	0

Tha taic iomchaidh ga thoirt dhaibhsan a tha buailteach a bhith gun dachaigh

<b>Gnìomhan</b>	2	0	0	
<b>PCCan</b>	1	0	0	0

Tha cothrom aig a h-uile duine air àite-fuirich agus taic taigheadais iomchaidh far a bheil sin a dhith

<b>Gnìomhan</b>	11	0	31	
<b>PCCan</b>	1	0	1	0

Tha gabhaltasan seasmhach/ togail comas coimhearsnachd. Tha coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil cumhachd agus comas aca

<b>Gnìomhan</b>	13	0	1	
<b>PCCan</b>	0	0	2	0

Leasaich com-pàirteachasan làithreach agus tog feadhainn ùra leis na prìomh luchd-ùidh againn

<b>Gnìomhan</b>	3	0	1	
<b>PCCan</b>	0	0	0	0

luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Daoine: Slàinte is sunnd

Tha prìomh phrìomhachasan na Comhairle co-cheangailte ri Slàinte is Sunnd a' gabhail a-steach:

- Tha ar planaichean sgioba-obrach seasmhach, air prìs reusanta agus a' cumail taic ri sunnd luchd-obrach
- Gus slàinte a' phobaill, slàinte-inntinn is corporra coimhearsnachd a dhìon agus gus taic a chumail rithe agus gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail agus sinn ag atharrachadh gus gabhail ri beatha le COVID-19
- Àiteachan fosgailte a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach, fallain
- Tha daoine a' faighinn taic gus dòighean-beatha fallain gnìomhach a bhith aca le fòcas air Beatha a-muigh, Beatha Mhath agus Beatha Mhath aig an taigh.
- Tha seirbheisean stèidhichte sa choimhearsnachd air an libhrigeadh ann an slàinte agus cùram sòisealta

## PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN:

### ■ SGIOPA TRO-CHÙRAM AGUS IAR-CHÙRAM

Tha an sgioba Tro-chùram agus Iar-chùram air àrdachadh fhaicinn anns an àireamh dhaoine òga a bha an sàs san sgioba tro Lèirmheasan Slighean sia-miosail cunbhalach ann am foghlam, trèanadh no cosnadh ann an 2022/23 (+18.2% an taca ri 2021/22). Cha tug na cuingeachaidhean a bha an sàs mar freagairt air galar lèir-sgaoilte Covid-19 san dà bhliadhna roimhe sin dhroch bhuaidh idir cho dona air an sgioba agus bha iad comasach air raon farsaing de ghniomhachd brosnachaidh a thabhan agus barrachd taic aghaidh-ri-aghaidh a thoirt seachad. Tha an sgioba a' cumail air a' conaltradh le raon farsaing de luchd-fastaidh, leis an treas roinn agus le buidhnean saor-thoileach, agus cuideachd le bhith a' co-obrachadh leis na com-pàirtichean againn ann an Leasachadh Sgìlean na h-Alba gus seirbheis nas cuimsichte a sholarachadh.

- ### ■ TAIC DO DHAOINE ÒGA A THA A' SIREADH COMHRAICH
- Chaidh taic shoirbheachail a thoirt do chòrr is 32 neach òga a thàinig dhan dùthaich leotha fhèin a tha a' sireadh comraich agus fhuair iad fàilte gu Siorrachd Obar Dheathain leis an Sgioba Cloinne Gun Chompanaich a tha a' sireadh Comraich a chaidh a chruthachadh bho chionn ghoirid. Bidh an sgioba a' cur seachad ùine còmhla ris na daoine òga gus an cuideachadh gus gabhail ris an dachaigh is baile ùr aca. Bha feum air obair com-pàirteachais dlùth agus èifeachdach le co-obraichean bho fhoghlam, taigheadas, Poileas Alba, Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd, NESCOL agus leis an treas roinn fon dòigh-obrach a chleachdar gus taic a thoirt do dhaoine òga

gun chompanaich ann an Siorrachd Obar Dheathain. Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine òg air taic iomchaidh sa choimhearsnachd ionadail aca. Tha seo air a bhith a' gabhail a-steach 'cafaidhean sòisealta' air an cur an comas le com-pàirtichean Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd agus tachartasan sòisealta air an cur an comas le Obair Shòisealta Seirbheisean Cloinne aig Ionad teaghlach Bhaile nam Frisealach.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN:

### ■ LIVE LIFE SIORRACHD OBAR DHEATHAIN (LLA):

Cha do dh'ath-shuidhich Live Life Siorrachd Obar Dheathain (LLA) na rèiteachaidhean àbhaisteach aca airson a bhith a' cruinneachadh fios air ais bho luchd-cleachdaidh mu bhuaidh na seirbheis air slàinte corporra is inntinn dhaoine, is cha tug iad an sgrùdadh riarachaidh a-staigh gu tur a bhios air a chleachdaidh mar as trice gu dìreach rè turas fiosaigeach dhan làraich gus ìrean sàsachd luchd-cleachdaidh a thomhas.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh phrìomhachasan](#)





Na daoine againn:

# Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh

## SEIRBHEISEAN FOGHLAIM IS CHLOINNE:

Tha Siorrachd Obar Dheathain air àrdachadh fhaicinn san àireimh a tha a' gabhail àiteachan maoinichte airson Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne am measg clann 2 bliadhna a bharrachd air àrdachadh san àireimh de chloinn aois 3 is 4 bliadhna mar thoradh air leudachadh air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.

Tha irean àrda de deagh chom-pàirteachadh às dèidh na sgoile air a bhith aig Siorrachd Obar Dheathain le figearan cinn-uidhe adhartach os cionn 96%, nas àirde na figearan nàiseanta is roinneil. Tha na figearan iomlan sa cheud airson daoine òga a tha a' coileanadh ìrean ris a bheil dùil airson a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais ann an lèitearrachd agus àireamhachd agus BS1, 3 agus 7 cuideachd air a bhith os cionn nan targaidean a tha suidhichte aig an àm seo. Tro Live Life Siorrachd Obar Dheathain, chaidh ath-shlànachaidh a chumail tro na saor-làithean air feadh Siorrachd Obar Dheathain gus taic a thoirt do dhaoine òga às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte.

Tha a bhith a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn fhathast na phrìomh raon leasachaidh agus tha obair a' dol air adhart a rèir Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba le Amasan Sìnidh Àrd-amasach airson leasachadh gan suidheachadh. Tha a bhith a' toirt taic do shlàinte corporra is inntinn an t-sluaigh fhathast na dhùbhlann anns an àrainneachd às dèidh Covid agus tha seirbheisean thar Seirbheisean Foghlaim is Chloinne ag obair gus dèiligeadh ri feumalachdan slàinte is sunnd. Tha dìth luchd-obrach ann am pàirtean sònraichte de Sheirbheisean Foghlaim is Chloinne, gu sònraichte luchd-teagaisg àrd-sgoile fhathast na adhbhar dragh mòr agus chan eil sgeul air adhartas leis a seo. Ann an 2022/23, bha an t-seirbheis a' cuimseachadh air grunn raointean de ghnìomhachd leasachaidh, a' gabhail a-steach ath-dhealbhadh na Seirbheis Ciùil Ionnsramaideach, deuchainnean atharrachaidh a thaobh sunnd teaghlaich gu lèir, a' libhrigeadh an sgeama Riaghladh Sgoile Tiomnaichte ath-sgrùdaichte agus ath-dhealbhadh na Seirbheis Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd gus coinneachadh ri feumalachdan ionadail cuimsichte. Chaidh obair leasachaidh a dhèanamh cuideachd gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air solar bidhe na sgoile agus gus comas agus comas-libhrigidh leasachaidh àrdachadh thar sgiobaidhean Seirbheisean Foghlaim is Chloinne. Tha luchd-obrach Live Life Siorrachd Obar Dheathain air a bhith ag obair air Plana Gnothachais 2023 – 2028 a tha a' mìneachadh mar a bheir an t-seirbheis taic do bhuilean slàinte corporra is inntinn leasachaidh do na h-uile, le fòcas air an fheadhainn a bha gu traidiseanta a' strì gus cothrom fhaighinn air seirbheisean.

Libhrig "Summer of Play 2022" còrr is 2,600 seisean do chloinn is daoine òga air feadh Siorrachd Obar Dheathain, le còrr is 69,000 a' gabhail pàirt. Tha measaidhean air a bhith fàbharach le daoine òga a' toirt iomradh air a' bhuidhe mhath a bha aca air am misneachd agus slàinte is sunnd. Tha am pileat sunnd teaghlaich gu lèir ann an Ceann Phàdraig air àrdachadh adhbharachadh ann an frithealadh sgoilearan agus com-pàirteachadh teaghlaich airson 14 teaghlaichean agus air fàgail gu bheil molaidhean eile gan cruthachadh airson mòr-ionadan sunnd ann an Ceann Phàdraig agus ann am Baile nam Frisealach. Chaidh na ciad phròiseactan aig Seirbheis Ciùil Òigridh Siorrachd Obar Dheathain a chrìochnachadh agus tha àrdachadh ann an libhrigeadh mar thoradh air leasan co-labhairtean bhidio, leasachadh adhartach a tha air èirigh bhon ghalar lèir-sgaoilte.



## SEIRBHEISEAN ÀRAINNEACHD IS BUN-STRUCTAIR:

Chruthaich Dealbhadh agus Eaconamaidh com-pàirteachasan, agus chaidh gabhail ris a' Phlana Leasachaidh Ionadail (LDP) 2023 mar thoradh air seo, a bharrachd air builean susbainteach leithid: dachaighean ùra, gnìomhachasan agus obraichean.

Choisinn pròiseactan ath-nuadhachaidh duaisean, a' brosnachadh coimhearsnachdan seasmhach, beothail. Thug Taigheadas agus Inbhean Togail prìomhachas do dhaoine so-leònte, a' lughdachadh cùisean de dhaoine gun dachaigh, agus chaidh Cùl-fhiachan Mòl / Cunntas Teachd-a-steach Taigheadais (HRA) air adhart a dh'aindeoin cuideaman cosgais bith-beò. Chuir Solar Taigheadais air Prìs Ruigsinneachd ris togalaichean sònraichte agus chur e dachaighean falamh gu feum ùr, agus chaidh piseach a thoirt air riaghladh dachaighean falamha agus air amannan tar-ghluasad. Com-pàirt for-ghnìomhach bho sgìre Chinn Chàrdainn is na Maoirne, a' cleachdadh na h-uidheamachd Place

*Standard* co-cheangailte ri luchd-còmhnaidh agus ris a' Bhun-sgoil. Bha seo mar bhunait airson Plana Gnìomh Coimhearsnachd a' toirt aghaidh air feumalachdan slàinte is sunnd ann an Johnshaven.

Dhèilig Planadh is Eaconamaidh ri ìrean iarrtais mòra aig àm nuair a bha gainnead luchd-obrach ann. Bha Taigheadas is Inbhean Togail a' feuchainn ri smachd a chumail air àireamh nan daoine gun dachaigh aig àm nuair a bha gainnead thaighean ann, leis gu bheil Fiachan Màl/cuideaman HRA ag èirigh bho àrdachadh màil cuibhrichte agus dùbhlain eaconamach nas fharsainge. Tha àrdachadh chosgaisean na bhacadh air taigheadas air prìs ruigsinneach, le faochadh comasach tro mheudachadh maoineachaidh tabhartais. Tha taighean falamha fhathast nan dùbhlain mar thoradh air iarrtas ìosal airson taigheadas fàsach, agus tha seo ag adhbharachadh call teachd-a-steach. Gus dèiligeadh ris na cùisean sin feumar eadar-theachd ro-innleachdail agus oidhirp cho-obrachail a bhith ann gus a' choimhearsnachd àrdachadh agus cumhachd a thoirt dhì. Taobh a-staigh cuid de na coimhearsnachdan againn tha clàran-amais easbhaidh nas àirde, a tha nam fìor dhùbhlain a dh'fheumas fuasglaidhean air leth.

Ann am Planadh is Eaconamaidh, tha sinn ag ath-bheothachadh ar n-oidhirpean tro bhith ag ath-fhoillseachadh cuairt-litir an Sgioba, gus faicsinneachd obair na sgioba againn a mheudachadh. Thathar a' toirt cruth-atharrachadh air a' phròiseas planaidh poileasaidh agus LDP agus sinn a' gabhail ri ùr-ghnàthachadh didseatach. Tha Taigheadas is Inbhean Togail a' toirt leasachaidhean air adhart tro Bhuidheann-obrach Oifigearan is Ball airson Ath-sgrùdadh air Plana Gnìomhachais HRA. Ann an riaghladh taighean falamha, tha sinn ag ùrachadh mhodhan-obrach, a' fàgail gu bheil amannan crìochnachaidh nas giorra ann. Tha seo a' sealltainn ar dealas airson leasachadh leantainneach air seirbheisean agus sunnd na coimhearsnachd. Tha e na rùn dhuinn coimhearsnachdan a neartachadh le bhith a' toirt cumhachd dhaibh gus pròiseactan agus iomairtean maoineachaidh a chomharrachadh.

Tha na tha sinn a' dèanamh ann an Johnshaven a' cuideachadh gus ceanglaichean coimhearsnachd nas làidire a thogail, a tha ag adhbharachadh seirbheisean ionadail nas fheàrr. Tha gabhail ri LDP 2023 a' dèanamh cinnteach gu bheil cinnt ann a thaobh a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean èifeachdach agus a bhith a' libhrigeadh leasachaidh gun chnap-starra sam bith.

Bidh oidhirpean le daoine gun dachaigh a' toirt seachad àrd-choileanaidh agus sàbhalaiddhean susbainteach, a' lughdachadh eisimeileachd air àiteachan-fuirich cosgail agus caiteachas shochairlean, ag àrdachadh seasmhachd taigheadais. Tha riaghladh cùl-fhìachan màil, air a stiùireadh le eadar-theachd thràth agus maoineachadh bhon taobh a-muigh, gar fàgail anns a' cheathramh as àirde. Bidh ar Buidheann Ro-innleachd Màl a' cumail suas gabhaltasan agus a' toirt taic do luchd-gabhail a tha feumach air taic. Tha leudachadh air taigheadas air prìs ruigsinneach a' coileanadh iarrtas, a' dèanamh cinnteach gu bheil taigheadas maireannach de dheagh chàileachd ann airson buidhnean le feumalachdan sònraichte, a' brosnachadh in-ghabhalachd. Tha riaghladh taighean falamha nas fheàrr a' cur ri teachd-a-steach HRA.

## SEIRBHEISEAN GNÌOMHACHAIS:

Tha an t-Seirbheis Riaghladh Seilbh is Goireasan a' leantainn air adhart ag obair le Seirbheisean Foghlaim is Chloinne gus am prògram Foghlaim Togail Ùr a libhrigeadh le dealbhadh leasachadh agus Passivhaus agus riaghladh airson:

- Àrainn Coimhearsnachd Cheann Phàdraig
- Bun-sgoil Bhaile nam Frisealach
- Sgoil is Bun-sgoil Feumalachdan Taic a bharrachd Stonehaven
- Bun-sgoil Chapelton

Ann an 2022-23, lean an t-Seirbheis Ionmhais air adhart a' lùghdachadh na h-ùine a ghabh e gus tagraidhean ùra airson Sochair Taigheadais agus Lùghdachadh Cìs Comhairle a làimhseachadh. Lùghdaich an àireamh chuibheasach de làithean a tha e a' gabhail gus tabhartasan cùram sa choimhearsnachd a phròiseasadh bho 25 gu 19 latha. 'S e am prìomh raon fòcas airson leasachadh a bhith a' lùghdachadh na h-ùine pròiseasaidh airson tabhartasan cùram coimhearsnachd mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd agus a' cumail suas an leasachadh a chithear ann an Sochair Taigheadais agus Lùghdachadh Cìse Comhairle. Thathar fhathast a' cuimseachadh air a bhith a' lùghdachadh nan amannan pròiseasaidh airson tabhartasan cùram coimhearsnachd gus na clàran-ama reachdail a choileanadh mar a tha iad air am mìneachadh anns na riaghailtean. Le bhith a' làimhseachadh iarrtas airson taic ionmhais ann an deagh àm, bheir sin cothrom nas fheàrr do dhachaighean a tha so-leònte a thaobh ionmhais buidseatan na dachaigh aca a riaghladh.

## COM-PÀIRTEACHAS SLÀINTE IS CÙRAM SÒISEALTA

Tha sgiobaidhean slàinte is cùram sòisealta air leantainn orra a' libhrigeadh cùram àrd-inbhe do ar coimhearsnachdan aig àm air leth dùbhlanaich. Chaidh seirbheisean ùra a chruthachadh gus iarrtas a choileanadh tha a' sior fhàs agus mar thoradh air stiùiridhean nàiseanta. Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach Seirbheis Leasachaidh Slàinte-inntinn is Sunnd gus taic a thoirt do dhaoine le an sunnd-inntinn, agus a bhith a' cruthachadh seirbheisean 'Step-in' ionadail air feadh Siorrachd Obar Dheathain mar phàirt de bhuileachadh Inbhean Làimhseachaidh le Cuideachadh bho Chungaidh-leigheis (MAT), a' tabhann cùram freagairteach agus dian bho sgioba ioma-sheirbheis airson neach sam bith a dh'fheumas taic le duilgheadasan cleachdadh dhrogaichean no deoch làidir.

Gu h-ionadail agus gu nàiseanta, tha seirbheisean slàinte is cùram sòisealta air leantainn air adhart a' toirt aghaidh air dùbhlain nach fhacas a-riamh roimhe tron bhliadhna, chan ann dìreach thar a' gheamhraidh (far a bheil seasmhachd an t-siostam slàinte is cùraim mar-thà fo chuideam mòr ri linn deamografaigs, feumalachdan slàinte an t-sluaigh agus cuideaman luchd-obrach). Tha

an cuideam as cudromaiche ann an comas an t-siostaim air sruth nan euslainteach a riaghladh gu h-èifeachdach agus gu sàbhailte agus gus dèiligeadh ri feum nach deach a choileanadh, far a bheil ar comas ann an Siorrachd Obar Dheathain air a chur an cunnart a thaobh an dà chuid na tha ri fhaighinn de leapannan agus comas-làimhseachaidh cùraim san dachaigh.

Bidh buileachadh leantainneach Prògram Seasmhachd Cùram Sòisealta HSCP a' feuchainn ri dèiligeadh ri dùbhlain a thaobh chomas-làimhseachaidh airson cùram sòisealta inbheach ann an Siorrachd Obar Dheathain, a' gabhail a-steach grunn shruthan-obrach eadar-dhealaichte gus seirbheisean cùram-sòisealta fèin-leasaichte agus seasmhach a chruthachadh.

Tha obair a' dol air adhart le Sgioba Taic Fiosrachaidh Ionadail aig Slàinte Phoblach na h-Alba gus tuigse agus taic a thoirt do phlanadh mu fheumalachdan àireamh-sluaigh agus deamografach / atharrachaidhean san iarrtas air feadh Siorrachd Obar Dheathain taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faighinn.

Aig ìre obrachaidh, tha obair a' leantainn air grunn iomairtean gus daoine a chumail sàbhailte sa choimhearsnachd far an gabh sin dèanamh, a' cumail sùil air gnìomhachd agus dàta iarrtas (mar eisimpleir, modal Uàrd Coimhearsnachd Bhiortail a' toirt còmhla sgiobaidhean ioma-chuspaireil gus cùram iomlanach a thabhann sa choimhearsnachd gus casg a chur air daoine a bhith a' dol dhan ospadal far an gabh sin seachnadh).

Bidh Prògram Seasmhachd a' Chùraim Shòisealta ag amas air dèanamh cinnteach gum bi iad seasmhach agus iomchaidh do na seirbheisean san àm ri teachd, a bhios a' dèiligeadh ri feum nach deach a choileanadh fhathast. Tha an sruth-obrach Cùram Taobh a-staigh aig an Dachaigh a' cur an gnìomh dòighean-obrach ùr-ghnàthach a tha a' cruthachadh dhreuchdan a bheir comas-atharrachadh thairis air an t-siostam slàinte is cùram sòisealta agus a bheir cothrom do luchd-cùraim gus diofar sgilean ionnsachadh.

Le bhith a' stèidheachadh a' mhodail in-ghabhail de dh'ath-ghnàthachadh agus comasachadh do sheann daoine agus daoine le ciorraman corporra thathar a' dèanamh cinnteach gu bheil sgiobaidhean ag obair còmhla gus taic a thoirt do dhaoine gus na comasan aca fhaighinn air ais agus a chumail suas. Tha HSCP Siorrachd Obar Dheathain a' gabhail pàirt ann an dòigh-obrach nàiseanta GIRFE (Getting It Right For Everyone), ag obair le coimhearsnachdan a tha a' cur daoine aig cridhe cho-dhùnidhean a thaobh an cuid cùraim.




Plana na Comhairle 2020-22

# Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis  3  3

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha e coltach gur e stadastaireachd 2021-22 a thèid a thoirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.

## Àrainneachd: *Bun-structar*



luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid



# Àrainneachd: *Bun-structar*

Am measg prìomh phrìomhachasan na Comhairle a tha co-cheangailte ri Bun-structair tha :

- Lìonra solais rathaid is sràide a chumas daoine sàbhailte, a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach agus a chuireas ri cothroman siubhail gnìomhach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan air feadh Siorrachd Obar Dheathain deònach atharrachadh a rèir buaidhean atharrachadh gnàth-shìde a' gabhail a-steach cunnart bho thuiltean
- Seirbheis sgudail is ath-chuairteachaidh a bheir taic dhan àrainneachd tharraingeach againn agus a lùghdaicheas eimiseanan
- A' dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ceangailte tro bhith a' toirt seachad seirbheis còmhdhail do luchd-siubhail air prìs reusanta a tha earbsach agus a tha a' toirt seachad deagh cheanglaichean
- Tha e furasta agus sàbhailte gluasad mun cuairt ann an sgìrean ionadail a' cleachdadh slighean siubhail gnìomhach, sràidean agus rathaidean de dheagh chàileachd. Dion an àrainneachd thogte agus nàdarra

## PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN:

- **MAOINEACHADH BHON TAOBH A-MUIGH AIR FHAIGHINN:** Fhuair sinn maoinachadh bhon taobh a-muigh bho Sustrans airson drochaid siubhal gnìomhach Banbh agus Dùn MhicDhuibh. Fhuaradh maoinachadh bhon taobh a-muigh cuideachd gus haidridein a thoirt air adhart mar stòras connaidh còmhdhail eile, agus ann an còmhdhail dhùthchail – cha mhòr gun chosgais sam bith dhan chomhairle – tro bhith an sàs ann an Còmhdhail Luchd-siubhail Uaine ann an Sgìrean Dùthchail (GPatra) agus HyTrEc2 (pròiseact thar-nàiseanta taobh a-staigh an Prògram Interreg VP Roinn a' Chuain a Tuath 2014-2020).
- **AITHNE NÀISEANTA AIRSON BIKEABILITY:** Fhuair sinn aithne nàiseanta dhan Oifigear Innleadaireachd Sàbhailteachd Còmhdhail againn airson an cuid obrach aig Comhairle Siorrachd Obar Dheathain ann a bhith a' brosnachadh Bikeability ann am bun-sgoiltean.
- **SGIOBA NA H-ÀRAINNEACHD NÀDARRA:** Bha cruthachadh Sgioba Àrainneachd Nàdarra, taobh a-staigh roinn na h-Àrainneachd agus Seasmhachd, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt còmhla agus a' stèidheachadh sgioba ùr, pròiseasan ùra agus dealbhadh obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh buannachdan bho bhith a' cruthachadh aon sgioba gus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar a ghluasad air adhart airson atharrachadh na gnàth-shìde. Mar thoradh air dàil ann am foillseachadh an ionmhais, agus mì-chinnt air meud an ionmhais bhon taobh a-muigh a bhiodh Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tron Mhaoin Ath-nuadhachadh Nàdair, bha feum air planadh agus caitheamh luath gus pròiseactan a libhrigeadh ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN:

- **EASBHÀIDHEAN SOLAIS SRÀIDE SIORRACHD OBAR DHEATHAIN** Tha coileanadh a thaobh càradh solais sràide air a dhol sìos, gu ìre mhòr mar thoradh air dìth luchd-obrach teisteanichte Tha an àireamh sa cheud de sholais-rathaid a chaidh a chàradh taobh a-staigh 7 latha aig 57.8% a tha nas ìsle na an targaid de 62.5% agus tha e air leudachadh bho 79.6% ann an 2021/22. Cha robh e comasach dhan t-Seirbheis luchd-obrach teisteanichte fhastadh leis na sgìlean dealanach ceart. Bu chòir sianar a bhith ann an sgioba càraidh nan solais ach aig an àm seo, tha dà dhreuchd bhàn ann. Thathar a' dèanamh lèirmheas air an tionnsgeul obrach, air na gnìomhan a nithear, agus an ìre theisteanasan a tha a dhìth gus tagraichean a thàladh. Chaidh cùmhnantan air an taobh a-muigh a stèidheachadh airson barrachd obair solais mhòr a tha air a planadh, gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan luchd-dealain againn fòcas a chur air obair càraidh.
- **IOMAIRTEAN SIUBHAL GNÌOMHACH AGUS SÀBHAILTEACHD RATHAID:** Tha luchd-obrach air an taobh a-staigh na phrìomh dhùbhlain ann a bhith a' libhrigeadh iomairtean siubhail gnìomhach agus sàbhailteachd rathaid. Cruthaichidh lùghdachaidhean sa bhuidseit chan ann a-mhàin airson Seirbheisean Cruth-tìre ach seirbheisean eile leithid Rathaidean dùbhlain ann a bhith cumail suas nan raointean sin. Dh'fhaodte gum bi feum air innealan eile agus dh'fhaodadh seo cosgaisean àrdachadh oir is dòcha gum feum sgioba iomadh turas a ghabhail gu baile gus am feur a ghearradh seach dìreach aon.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh prìomhachasan](#)

































## Plana na Comhairle 2020-22

# Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis:  10  6

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha e coltach gur e stadastaireachd 2021-22 a thèid a thoirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.

































## Àrainneachd: Coimhearsnachdan Ath-leumach

<p>Libhrigeadh èifeachdach prìomhachasan na Comhairle tro phrògram ùr-ghnàthachaidh didseatach agus stèidhichte air an eadar-lìon</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 30 0 18</p> <p><b>PCCan</b> 1 2 2</p>	<p>Gus slàinte a' phobail, slàinte-inntinn is corporra coimhearsnachd a dhìon agus gus taic a chumail rithe agus gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail agus sinn ag atharrachadh gus gabhail ri beatha le COVID-19</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 5 0 8</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 2</p>	<p>Àiteachan fosgailte a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach, fallain</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 13 0 14</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>	<p>Lìonra solais rathaid is sràide a chumas daoine sàbhailte, a bhrosnaicheas dòighean-beatha gnìomhach agus a chuireas ri cothroman siubhail gnìomhach</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 40 0 20</p> <p><b>PCCan</b> 5 2 2 4</p>	<p>A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan air feadh Siorrachd Obar Dheathain deònach atharrachadh a rèir buaidhean atharrachadh gnàth-shìde a' gabhail a-steach cunnart bho thuiltean</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 14 0 0</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>
<p>Cruthachadh àite gus feumalachdan choimhearsnachdan aig an àm seo agus san àm ri teachd a choileanadh tro Bhuidseatadh Com-pàirteachail agus Glusad So-maoin agus dòighean eile gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus iad fhèin a chuideachadh, a' comasachadh togail beairteas coimhearsnachd a bheir taic do chothroman eaconamach ionadail.</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 15 0 18</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>	<p>Àite as fhìach roghainn aig a bheil bunait eaconamach eadar-mheasgte de chompanaidhean ùr-ghnàthach le sgioba-obrach sgìreil agus till gu làn chosnadh</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 10 0 5</p> <p><b>PCCan</b> 5 0 1 1</p>	<p>Tha a' bheàrn eadar builean eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta ann am Banbh, Dùn MhicDhuibh, Baile nam Frisealach is Ceann Phàdraig agus cuibheasachd Siorrachd Obar Dheathain air a dhùnadh agus tha bailtean eile ann an cunnart air seachnadh a bhith nam prìomhachasan ath-nuadhachaidh.</p> <p>   </p> <p><b>Gnìomhan</b> 5 0 5</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>		

luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid



# Àrainneachd: Coimhearsnachdan Ath-leumach

<p>Tha coisiumairean cinnteach gu bheil gnìomhachasan a' cumail ri riaghailtean. Tha gnìomhachasan a' faighinn taic gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri reachdas, iomadachadh eaconamach, agus eadar-ghluasad lùths</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 7 0 1</p> <p><b>PCCan</b> 1 0 2 0</p>	<p>Leasaich com-pàirteachasan làithreach agus tog feadhainn ùra leis na prìomh luchd-ùidh againn</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 3 0 1</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0</p>	<p>Tha seirbheisean stèidhichte sa choimhearsnachd air an libhrigeadh ann an slàinte agus cùram sòisealta</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 1 0 3</p> <p><b>PCCan</b> 2 2 1 1</p>	<p>Tha cùram stèidhichte air an neach air a libhrigeadh ann an dòigh sheasmhach</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 1 0 0</p> <p><b>PCCan</b> 3 0 0 0</p>	<p>Tha taic iomchaidh ga thoirt dhaibhsan a tha buailteach a bhith gun dachaigh</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 2 0 0</p> <p><b>PCCan</b> 1 0 0 1</p>
<p>Tha cothrom aig a h-uile duine air àite-fuirich agus taic taigheadais iomchaidh far a bheil sin a dhith</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 11 0 31</p> <p><b>PCCan</b> 1 0 1 0</p>	<p>Tha gabhaltasan seasmhach/ togail comas coimhearsnachd. Tha coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil cumhachd agus comas aca</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 13 0 1</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>	<p>Tha daoine a' faighinn taic gus dòighean-beatha fallain gnìomhach a bhith aca le fòcas air Beatha a-muigh, Beatha Mhath agus Beatha Mhath aig an taigh.</p> <p>     </p> <p><b>Gnìomhan</b> 40 0 14</p> <p><b>PCCan</b> 0 0 0 0</p>		

luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Àrainneachd: Coimhearsnachdan Ath-leumach

Am measg cuid de phrìomh phrìomhachasan na comhairle a tha co-cheangailte ri Coimhearsnachdan Ath-leumach tha:

- prògram ùr-ghnàthachaidh didseatach agus seirbheisean stèidhichte air an eadar-lìon
- Gus slàinte a' phobaill, slàinte-inntinn is corporra coimhearsnachd a dhìon agus gus taic a chumail rithe agus gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail agus sinn ag atharrachadh gus gabhail i beatha le COVID-19
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan air feadh Siorrachd Obar Dheathain deònach atharrachadh a rèir buaidhean atharrachadh gnàth-shìde a' gabhail a-steach cunnart bho thuiltean
- Cruthachadh àite gus feumalachdan choimhearsnachdan aig an àm seo agus san àm ri teachd a choileanadh tro Bhuidseatach Com-pàirteachail agus Glusad So-maoin agus dòighean eile gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus iad fhèin a chuideachadh, a' comasachadh togail beairteas coimhearsnachd a bheir taic do chothroman eaconamach ionadail.
- Àite as fhiach roghainn aig a bheil bunait eaconamach eadar-mheasgte de chompanaidhean ùr-ghnàthach le sgioba-obrach sgìleil agus till gu làn chosnadh
- Tha gabhaltasan seasmhach/togail comas coimhearsnachd. Tha coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil cumhachd agus comas aca

## PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN:

- **SEIRBHEISEAN AIR-LOIDHNE:** Tha sinn air raon nas fharsainge de sheirbheisean air-loidhne a thoirt a-steach dhan làraich-lìn againn a' gabhail a-steach: Sgudal – ag aithris air carbadan air an tràigsinn; Briseadh air smachd Dealbhaidh; agus Rathaidean – aithris air solais sràide.
- **BITH-IOMADACHD:** Tha grunn àiteachan fosgailte a-muigh a-nis gan riaghladh le bith-iomadachd mar dhràibhear agus chaidh fàilte a chur air mòran de na raointean sin agus tha iad a' libhrigeadh iomadachd àrainn is gnè.
- **ÀM CUIBHEASACH GUS DÈILIGEADH RI CÙISEAN DE DHAOINE GUN DACHAIGH:** B' e an ùine chuibheasach gus cùisean dìth dachaigh fhuasgladh, ann an R4 2022/23, 84.5 latha, a tha nas fheàrr na an targaid againn de 90 latha. Tha sinn air dèanamh nas fheàrr na an targaid againn ann an R1,3 is 4 agus cha robh sinn ach beagan os cionn ar targaid aig 91.7 latha ann an R2.
- **SGIOBA RIAGHLAIDH TACHARTASAN NA H-ÙGRAIN:** thug iad taic do fhreagairt thar-sheirbheis iom-fhillte agus farsaing, a' còmhachadh gach taobh den phrògram, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean seilbh is dìon agus taic do luchd-aogheachd agus chliantan. Mar thoradh air astar agus meud an luchd-inntrigidh ann an 2022, bha againn ri fòcas a chur air dèanamh cinnteach gun robh na teaghlaichean uile air an dìon agus gun robh an sàbhailteachd agus a' comraich a dh'fheumadh iad gus dachaigh a dhèanamh ann an Siorrachd Obar Dheathain. Chaidh dèiligeadh ri raointean amalachaidh riatanach a' gabhail a-steach sochairean, slàinte, comas-cosnadh, sgoil, Beurla

do Luchd-labhairt Chànanan Eile (ESOL) agus taigheadas le taic agus stiùireadh luachmhor bho luchd-aogheachd. Bha teaghlaichean air an dìon agus bha an sàbhailteachd agus a' comraich a dh'fheumadh iad gus dachaigh a dhèanamh ann an Siorrachd Obar Dheathain. Bho chaidh Dachaighean dhan Ugràin a chur air bhog sa Mhàrt 2022, tha an Sgioba Ath-shuidheachadh Fògarraich agus com-pàirtichean air timcheall air 500 Ugràinianaich ath-shuidheachadh ann an Siorrachd Obar Dheathain. Fhreagair ar coimhearsnachdan ann an Siorrachd Obar Dheathain gu fialaidh agus mar thoradh air sin bha aon de na h-irean tairgsean aogheachd as motha a rèir àireamh sa chiad san RA.

## ■ A DH'IONNSAICH SIORRACHD OBAR DHEATHAIN NAS COTHROMAICHE

Bheachdaich Comataidh nan Coimhearsnachdan air, agus dh'aontaich iad ri, Aithisg Bhliadhnail Siorrachd Obar Dheathain a dh'ionnsaigh Siorrachd Obar Dheathain nas Cothromaiche agus ùrachadh Plana Gnìomh Bochdainn Chloinne 2022-26 air 30 Màrt 2023. Mus deach aontachadh le Comataidh nan Coimhearsnachdan, chaidh beachdachadh air an Aithisg Bhliadhnail agus an dreachd Plana Gnìomh Bochdainn Chloinne leis a h-uile Comataidh Sgìreil agus Comataidh Seirbheisean Foghlaim is Chloinne. Tha an dà chuid an Aithisg Bhliadhnail agus Plana Gnìomh Bochdainn Chloinne rim faighinn air làrach-lìn a' Chom-pàirteachais Planaidh Coimhearsnachd.

# Àrainneachd: Coimhearsnachdan Ath-leumach

## BUILEAN A CHAIDH A CHOILEANADH ANN AN 2022:

### ■ CUIR RIS AN ÀIREIMH DE DH'ÈOLAICHEAN LE EÒLAS AGUS A THA AN SÀS ANN AN CO-DHÈANAMH

Daoine ionadail a bhith nam prìomh chom-pàirtichean ann a bhith a' leasachadh sheirbheisean, phoileasaidhean agus a' toirt buaidh air atharrachadh. Ann an 2022, cho-roinn 60 daoine fa leth an cuid eòlais, le còrr is 250 dhiubh nan daoine òga. Bha na h-eòlaichean seo le eòlas-beatha a' fiosrachadh cleachdadh mu stigmatachadh bochdainn, a' dèanamh cinnteach gun robh fiosrachadh ri fhaighinn le bhith a' cruthachadh bileag *lomagaineach Mu Airgead*, làrach-lìn Young Scot mu bhith a' dèiligeadh ri Bochdainn is Neo-ionannachdan agus an 4mh Aithisg Gnìomh air Bochdainn Chloinne. Tha iad air rannsachadh nàiseanta fhiosrachadh mu mhì-thèarainteachd bidh agus mu shuidheachaidhean slàinte leithid ro-reamhrachd, dh'fhiosraich iad na cisean ionadail airson cur-seachadan, rannsaich iad cùisean a thug buaidh orra leithid bochdainn connaidh agus rinn iad molaidhean airson an àm ri teachd.

### ■ CUIR RI COTHROM AIR SEIRBHEISEAN AGUS COTHROMAN AMLAICHTE

Is e an àireamh iomlan de dhaoine a ghabh pàirt ann an seirbheisean, cothroman agus tachartasan a tha com-pàirtichean air libhrigeadh còmhla ann an 2022 26,073 agus tha 3,272 dhiubh sin nan clann agus daoine òga.

### ■ LÙGHDAICH NEO-IONANNACHD SLÀINTE

Tha com-pàirtichean air aithris gu bheil àrdachadh san iarrtas airson taic mun cuairt orra agus a bhith air an cumhachdachadh gus cothrom air seirbheisean slàinte agus gus cur ri sgilean agus eòlas gus an slàinte is sunnd adhartachadh. Thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, tha 567 daoine air aithris gun robh leasachadh air a bhith san t-slàinte agus sunnd aca mar thoradh air an taic a chaidh a chur an sàs.

### ■ A' LÙGHDACHADH CHOSGAISEAN

**TAIGHEADAIS:** Tha grunn shruthan-obrach ann a bheir taic do dhachaighean le teachd-a-steach ìosal gus cosgaisean taigheadais a lùghdachadh. Is iad sin taic le biadh, connadh, maoinean sunnd agus seirbheisean fiosrachaidh is comhairle. Is e an àireamh de dhachaighean a fhuair taic gus na cosgaisean taigheadais a lùghdachadh 21,731, le buannachd ionmhasail do chliantan de £6,509,323.

### ■ A' CUR RI COMAS-COSNAIDH AGUS

**SGILEAN** Tha grunn phrògraman air an libhrigeadh tro chom-pàirteachas Fastachd Siorrachd Obar Dheathain a tha air taic a thoirt do chòrr is 1,200 daoine gus an sgilean cosnaidh àrdachadh tro phrògraman trèanaidh cuimsichte, tro ghreis-gnìomhachais agus tro bhith a' libhrigeadh sgeamaichean cosnaidh le taic.

### ■ FHUARADH STORSAN A BHARRACHD:

Tha com-pàirtichean air am maoineachadh a fhuair iad tro mhaoin Tacking Poverty & Inequalities a chleachdadh gus £3,928,794 a bharrachd fhaighinn eatarra.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN

■ **RIARACHADH BLIADHNAIL AIRSON DROCHAIDEAN MAR % DE CHOSGAIS NA H-OBRACH COMHARRAICHTE:** B' e £9,293,000 am buidseat a chaidh a riarachadh airson 2022/2023. B' e cosgais thuairmseach na h-obrach ainmichte £100,000,000. B' e 9.3% an % den bhuidseat a chaidh a riarachadh airson cosgais tuairmseach na h-obrach comharrachite.

■ **IARRTASAN PLANAIDH:** Dh'èirich an ùine chuibheasach airson tagradh dealbhachaidh gnìomhachais is gnothachas am-bliadhna gu 14.2 seachdainean a tha os cionn figear na bliadhna an-uiridh de 11.4 seachdainean. Tha beagan eadar-dhealachaidhean air a bhith ann a thaobh coileanadh ann an cuid de na sgiobaidhean sgìreil agus tha seo mar thoradh air diofar fhactaran, a' gabhail a-steach sgiobaidhean a' meudachadh na h-obrach for-ghnìomhach aca sa h-uile àite agus iad a' feuchainn ri lùghdachadh a thoirt air càrnan-obrach a tha air fàs, agus mar thoradh air atharrachaidhean luchd-obrach aig na sgiobaidhean.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh phrìomhachasan](#)

An Àrainneachd againn:

# Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh

## SEIRBHEISEAN FOGHLAIM IS CHLOINNE:

Bha mòran thaobhan den obair air a stiùireadh leis an sgioba Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) a' gearradh thairis air na sia raointean prìomhachais a bh' aig a' Chomhairle roimhe. A thaobh coimhearsnachdan ath-leumach agus an àrainneachd, chaidh obair shònraichte a dhèanamh tro iomairt Biadh is Spòrs Teaghlach Pheit Shligeach Ùr (*New Pitsligo Family Fun and Food*) air a stiùireadh leis an sgioba Ionnsachadh Inbheach agus Coimhearsnachdan. A bharrachd air seo, thug am pròiseact "Over 2 Youth 22" air a stiùireadh leis an sgioba Òigridh is Coimhearsnachdan naoinear dhaoine òga bho dhiofar fhòraman òigridh còmhla gus an tachartas aca a dhealbhadh agus òraidean ullachadh airson an tachartais agus thug iad seachad pocannan sunnd is reasabaidh agus rinn iad suaicheantas dealbhaichte airson an tachartais. Chaidh Ro-innleachd Seirbheisean Foghlaim is Chloinne airson Seasmhachd a chruthachadh airson ar sgoiltean gus dèanamh cinnteach gu bheil fòcas soilleir air a bhith a' dèanamh leasachaidhean san raon seo.

Tha e air a bhith na phrìomh dhùbhlán a thaobh na h-àrainneachd a bhith a' toirt taic do dh'atharrachadh giùlain agus tha aon phrìomh eileamaid den ro-innleachd lùghdachadh carbon air a bhith stèidhichte air clàradh rùintean atharrachadh gnàth-shìde do sgoilearan oir tha e soilleir gu bheil daoine òga dèidheil air a bhith a' stiùireadh chùisean san raon seo. Tha grunn phròiseactan a' dol air adhart leithid rianachd sguadail ath-chuairteachaidh nas fheàrr ann an sgoiltean, ath-chuairteachadh agus ath-chleachdadh, ach tha cuingealachaidhean buidseit a' toirt buaidh orra agus tha an t-seirbheis a' coimhead air a' chomas a th' ann gus sponsaireachd fhaicinn gus taic a thoirt do chuid de na h-iomairtean air a bheil sinn airson adhartas fhaicinn.

Tha ath-leumachd na fheart a tha a' ruith tro ghrunn sreathan obrach aig Seirbheisean Foghlaim is Chloinne. Tha seo a' gabhail a-steach na h-obrach a tha air a stiùireadh tro Bhuidheann Ro-innleachdail *Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh* (GIRFEC) a thaobh a bhith a' toirt taic do dhaoine òga gus slàinte-inntinn mhath a bhith aca agus tro bhith a' toirt seachad seirbheisean le tuigse air trauma dhan a h-uile pàiste, duine òg agus teaghlach, gu h-àraidh an fheadhainn as motha a tha feumach air ar taic, leithid nan daoine san sgìre againn a tha no a bha ann an cùraim. Mar eisimpleir shònraichte, tha na sgiobaidhean Seirbheisean Cloinne againn dealasach a thaobh libhrigeadh GIRFEC tro bhith a' togail dhàimhean brìoghmhor le clann, daoine òga, agus teaghlaichean gus taic agus comas a thoirt dhaibh an atharrachadh fhèin a stiùireadh, rud a tha deatamach ann a bhith a' togail tapachd.

Thug an tachartas "Over 2 youth 22" cothrom do dhaoine òga tuigsinn dè ghabhas coileanadh le bhith ag obair còmhla agus chur iad ris an eòlas agus an tuigse aca air mar as urrainn do bhuidhnean ionadail obrachadh còmhla gus taic a thoirt do choimhearsnachdan agus an àite a dh'fhaodadh a bhith aig daoine òga ann an seo. Tha na daoine òga a tha an sàs ann cuideachd a-nis a' faireachdainn nas misneachaile gun urrainn dhaibh cur an aghaidh leth-bhreith, neo-ionannachdan agus claon-bhreith. Tha an iomairt Biadh is Spòrs Teaghlach Pheit Shligeach Ùr air taic a thoirt do theaghlaichean ann a bhith ag ionnsachadh mun àrainneachd ionadail aca, mar a dh'fhàsas iad na glasaich aca fhèin, mar eisimpleir a bhith a buain, ag ullachadh agus a' còcaireachd biadh agus mar a nì iad todhar agus ath-chuairteachadh gu h-èifeachdach, a' dèanamh cinnteach nach bi cus sgudal ann.

## SEIRBHEISEAN ÀRAINNEACHD IS BUN-STRUCTAIR:

### Am measg cuid de na soirbheasan as fheàrr aig an t-seirbheis, tha:

- A bhith a' faighinn Tabhartas Taic Lionra de chòrr is £200,000 bho Chòmhdhail Alba gus taic a thoirt do sholar còmhdhail coimhearsnachd, a' toirt seachad faraidhean air prìs reusanta agus air prìsean nas ìsle agus seirbheisean ruigsinneach a bharrachd.
- Bidh Rathaidean is Bun-structar a' cumail iomlanachd an lionra ri chèile tro bhith a' cumail suas rathaidean seasmhach agus sgaoileadh solais-sràide LED, a' lùghdachadh cleachdadh dealain.
- Tha crìochnachadh Sgeama Dìon Thuiltean Stonehaven a' dìon pàirt ro-chudromach den choimhearsnachd bho thuiltean.
- Ann an Ceann Chàrdainn is a' Mhaoirn tha £82,000 bhon bhuidseat coimhearsnachd a' toirt cumhachd do 20 buidhnean ionadail, a' cuideachadh pròiseactan cruth-atharrachail.

Bidh Planadh is Eaconamaidh a' brosnachadh leasachadh leantainneach tro fhios air ais air Frèam Coileanaidh Dealbhaidh Deimhinneach a tha ceangailte ri pròiseas dealbhaidh didseatach. Is e an soirbheas as motha Pròiseact F2021, a fhuair dà dhuais airson Sàr-mhathas Dealbhaidh bhon Institiud Planadh Baile Rìoghail (RTPI) ann an 2022 Tha fòcas Planadh is Eaconamaidh air a bhith daingneachadh Seirbheis Dealbhaidh is Eaconamaidh tro shlighean cosnaidh ùr-ghnàthach, ann an co-obrachadh le ionadan foghlaim adhartach is àrd-ìre.

Tha dùbhlain air nochdadh ann an càradh rathaid iar-ghnìomhach agus riaghladh uireasbhaidhean, agus mar thoradh air sin tha càrn-obrach susbainteach ann ris a bheilear a' dèiligeadh an-dràsta. Tha feum air brosnachadh a bharrachd de dh'iomairtean coimhearsnachd gus barrachd luchd-tagraidh fhaighinn, a' brosnachadh conaltradh nas fharsainghe.

Thèid barrachd ghoireasan a chur a dh'ionnsaigh cumail suas rathaidean iar-ghnìomhach leis an amas ìre a' chàirn-obrach a lùghdachadh. Bidh a' chomhairle a' ceangal bhuidhnean agus iarrtasan ionadail soirbheachail ri 'iomairtean àite' a tha a' dol air adhart gus an dòigh-obrach àite iomlan againn a mheudachadh. Tha buidheann-obrach gu bhith air a stèidheachadh gus piseach a thoirt air conaltradh agus air a' ceangal eadar sgioba na h-Àrainneachd Eachdraidheil agus Gnìomhachadh Dealbhaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri brisidhean ann gnìomhachadh dealbhaidh ann an deagh àm. Chaidh pròiseas fastaidh leasaichte a chruthachadh gus cothroman a mheudachadh do luchd-còmhnaidh Siorrachd Obar Dheathain gus obair fhaighinn taobh a-staigh na Seirbheis Dealbhaidh is Eaconamaidh. Tha coimhearsnachdan Cheann Chàrdainn agus na Maoirne a' faireachdainn gu bheil cumhachd aca sealbh a ghabhail air iomairtean ionadail agus gus cur ris a' chomas aca san àm ri teachd. Chaidh ochdnar phlanadairean ùra fhastadh anns an t-Seirbheis Planaidh is Eaconamaidh. Tha obair càiridh nan rathaidean nas fhaicsinniche agus ga fhaicinn a thaobh obair cumail suas iar-ghnìomhach agus for-ghnìomhach.

### SEIRBHEISEAN GNÌOMHACHAIS:

Tha Stiùireadh Seilbh is Goireasan air gnìomhachd a mheudachadh air a' Chlàr Lùghdachadh Carboin, le sùil thairis air a' Phrògram Leasachaidh Taigheadais, Prògram Togail Ùr agus thòisich iad air obair air pròiseactan *levelling up* comharraichte.

Tha Seirbheisean Chustamairean is Didseatach fhathast a' toirt air adhart na ro-innleachd didseataich gus leigeil le coimhearsnachdan fèin-sheirbheis a chleachdadh fhad 's a tha iad a' feuchainn ri cothrom bann-leathann nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan. Bidh seirbheisean didseatach a' toirt seachad pròiseasan èifeachdach agus seirbheisean earbsach air-loidhne a gheibhear 24/7 a' dèanamh cinnteach gu bheil e goireasach do na coimhearsnachdan againn. Cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh na ro-innleachd didseatach againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd air ruigsinneachd do na coimhearsnachdan againn.

Tha làimhseachadh èifeachdach agus dheagh phlanadh airson taghaidhean a' cruthachadh misneachd ann an deamocrasaidh agus riaghladh ionadail. Stiùirich an t-Seirbheis Laghail is Dhaoine am planadh a-staigh gu lèir gus dèanamh cinnteach gum biodh taghaidhean agus inntrigidhean rèidh às dèidh taghaidhean Riaghaltas Ionadail sa Chèitean 2022. Tha inntrigeadh Chomhairlichean ùra air a bhith èifeachdach, le bhith dèanamh cinnteach gu bheil Comhairlichean comasach air taic a chumail ris na coimhearsnachdan aca agus ri obair na Comhairle.

Thathar a' cumail fòcas air dèanamh cinnteach gu bheil na roghainnean siubhail as èifeachdaiche ann do dh'oifigearan thar sheirbheisean le bhith a' sgaoileadh charbadan gu sgìrean a bharrachd taobh a-staigh Siorrachd Obar Dheathain, a' leigeil le barrachd luchd-obrach an cleachdadh.

Leanaidh an Sgioba Siubhail taobh a-staigh Laghail is Daoine orra a' mion-sgrùdadh dàta mhiltean gnìomhachais gus faighinn a-mach càite am bu chòir carbadan Car Club a bhith suidhichte gus iarrtas luchd-obrach a choileanadh agus gus an tèid am feum as fheàrr a dhèanamh orra. Thathar ag aithneachadh gu bheil àrdachadh air tighinn air an àireimh de thursan gnìomhachais taobh a-staigh charbadan Car Club, agus mar sin tha sin a' cuideachadh na Comhairle gus na geallaidhean aice sa Bhuidseat Carboin a choileanadh tro lùghdachadh eimiseanan CO2.

Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain air obrachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid gabhail ris na teachdaireachdan mun fheum air ath-leumachd aig daoine fa leth, aig dachaighean, teaghlaiichean agus coimhearsnachdan. Tha an Sgioba Riosg is Seasmhachd a' cumail air ag obair air cruthachadh Ro-innleachd Ath-leumachd Coimhearsnachd gus coimhearsnachdan a chuideachadh gus freagairt air tachartas mòr, a rèir an comas-làimhseachaidh agus ìre com-pàirteachaidh.

### **Tha obair leasachaidh a bharrachd a tha a' dol air adhart a' gabhail a-steach:**


- A' cur an gnìomh stòr-dàta de Dhaoine ann an Cunnart
- A' cur air bhog Ro-innleachd Ath-leumachd Coimhearsnachd
- Chaidh co-labhairt Seasmhachd Coimhearsnachd a chumail an co-bhonn le Baile Obar Dheathain.

Plana Gnìomh 2020-22

# Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis:  8  3

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha e coltach gur e stadastaireachd 2021-22 a thèid a thoirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.



luchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid







# Eaconamaidh: *Eaconamaidh agus Iomairt*





Tha a' bheàrn eadar builean eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta ann am Banbh, Dùn MhicDhuibh, Baile nam Frisealach is Ceann Phàdraig agus cuibheasachd Siorrachd Obar Dheathain air a dùnadh agus tha bailtean eile ann an cunnart air seachnadh a bhith nam prìomhachasan ath-nuadhachaidh.

				
<b>Gnìomhan</b>	5	0	5	
<b>PCCan</b>	0	0	0	0

A' cumail taic ri gnìomhachasan Siorrachd Obar Dheathain tron ghalar làir-sgaoilte, Brexit agus eadar-ghluasad lùths.

				
<b>Gnìomhan</b>	10	0	0	
<b>PCCan</b>	0	0	0	0

Tha coinsiumairean cinnteach gu bheil gnìomhachasan a' cumail ri riaghailtean. Tha gnìomhachasan a' faighinn taic agus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri reachdas, iomadachadh eaconamach, agus eadar-ghluasad lùths.

				
<b>Gnìomhan</b>	7	0	1	
<b>PCCan</b>	1	0	2	0

Iuchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Eaconamaidh: *Eaconamaidh is Iomairt*

Am measg cuid de phrìomh phrìomhachasan na comhairle a tha co-cheangailte ri Eaconamaidh is Iomairt tha:

- Taic, comhairle agus riaghladh gnìomhachais èifeachdach  
Tha teachd a-steach air a mheudachadh le bhith a' lughdachadh chosgaisean agus tro bhith a' cur ri malairt
- A' cumail taic ri gnìomhachasan Siorrachd Obar Dheathain tron ghalar lèir-sgaoilte, Brexit agus eadar-ghluasad lùths. Tha coinsiumairean cinnteach gu bheil gnìomhachasan a' cumail ri riaghailtean.
- Tha gnìomhachasan a' faighinn taic gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ri reachdas, iomadachadh eaconamach, agus eadar-ghluasad lùths
- A' dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ceangailte tro bhith a' toirt seachad seirbheis còmhdaidh do luchd-siubhail air prìs reusanta a tha earbsach agus a tha a' toirt seachad deagh cheanglaichean.

## PRÌOMH CHOILEANAIDHEAN:

### ■ TÒISEACHADH GNÌOMHACHASAN ÙRA TRO BUSINESS GATEWAY

Is e an àireamh de ghnìomhachasan a thòisich gach bliadhna tro thaic a thug Business Gateway seachad 473. Tha seo os cionn na targaid de 371 agus na àrdachadh air figear 2021/22 de 460. Chaidh cùmhnant ùr a thòiseachadh air 1 Giblean 2023 agus b' e an àireamh de ghnìomhachasan tòiseachaidh a fhuair taic airson Siorrachd Obar Dheathain agus Bhaile Obar Dheathain 743 airson 2022/23.

### ■ SGEAMA ATH-SHLÀNACHADH IS FÀS GNÌOMHACHAIS:

Chuir a' Chomhairle sgeama thabhartasan ùr air bhog san t-Sultain 2022 gus gnòthachasan a th' ann san sgìre mar-thà a chuideachadh le bhith a' leasachadh agus ag iomadachadh. Bheir an Sgeama Ath-bheothachaidh is Fàs Gnòthachais (BRAGS), a tha air a mhaoinachadh le Maoin Ath-bheothachaidh Eaconamach Ionadail Covid (LACER) taic do ghnìomhachasan a tha air a bhith ag obair ann an Siorrachd Obar Dheathain airson co-dhiù sia mìosan. Air a dhealbhadh gus taic a chumail ri ath-shlànachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte Covid, cuidichidh grantaichean gnìomhachasan agus bheir e comas dhaibh:

- Cumail suas sruthan teachd-a-steach agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an gnìomhachas iomchaidh dhan àm ri teachd
- Dèan feum air cothroman leasachaidh toraidh is margaidh
- A bhith tionnsgalach ann an sealladh agus cleachdadh
- Brosnaich ath-shlànachadh eaconamach
- Cùm suas agus àrdaich na h-obraichean a th' ann mar-thà
- Cruthaich tabhartasan cothroman cosnadh ùra de £2,500, £5,000, £10,000 a tha stèidhichte air tabhartas 75% de chosgaisean iomlan a' phròiseict.

Feumaidh gnìomhachasan co-dhiù 25% den mhaoinachadh a thoirt seachad. Tha an sgeama thabhartasan fosgailte dhan a h-uile gnìomhachas a tha stèidhichte agus ag obair ann an Siorrachd Obar Dheathain airson co-dhiù sia mìosan a' gabhail a-steach luchd-malairt aon-neach, com-pàirteachasan, com-pàirteachasan fo fhiachanas cuingichte, companaidhean earranta, carthannasan clàraichte agus buidhnean treas roinne.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN:

■ **CEANGAILTEACHD BANN-LEATHANN:** Tha a' chuibhreann de thogalaichean a tha a' faighinn bann-leathann fìor-luath aig 85%, a tha nas ìsle na an targaid de 94%. Ge-tà, tha Siorrachd Obar Dheathain, a' faighinn buannachd bho sgaoileadh an R100, le 3,814 togalach a bharrachd a' faighinn buannachd bho ùrachadh den cheangail. Tha an sgioba Conaltradh Didseatach a' leantainn orra ag obair le togalaichean agus chaidh 320 eàrlas Bann-leathann na h-Alba a chleachdadh gus ceanglaichean fa leth a leasachadh. Seo 10% de dhachaighean ion-roghnach agus is e seo an ìre as àirde ann an Alba air sgàth cho dùthchail 's a tha an sgìre againn agus mar thoradh air oidhirpean sgioba nan Ceanglaichean Didseatach. Tha Siorrachd Obar Dheathain fhathast air aon de na h-Ùghdarrasan Ionadail Albannach leis na ceanglaichean as miosa, san 27mh àite a-mach à 32.

■ **TOGALAICHEAN ÀRD-RIOSG** Tha seo co-cheangailte ris an àireimh sa cheud de Thogalaichean le Ìre Cunnart Àrd air an deach tadhal taobh a-staigh nan clàran-ama seo le Inbhean Malairt. Tha Togalaichean le Cunnart Àrd nan luchd-pacaidh bìdh mòr, muilnean biadhaidh, drochaidean cuideim agus togalaichean eile le eachdraidh de neo-ghèilleadh.

Chaidh 27 togalaichean le àrd-ìre de chunnart a chomharrachadh ach cha deach tadhal air ach 23 dhiubh taobh a-staigh an àm seo. Seo 85.2% a tha nas ìsle na an targaid de 95%.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh phrìomhachasan](#)



Plana na Comhairle 2020-22

## Ciamar a rinn sinn?

Prìomhachasan Seirbheis  2  1

**An aire:** Tha figearan stèidhichte air an fhiosrachadh as ùire a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Far a bheil comharran agus slatan-tomhais air an dèanamh air an taobh a-muigh, tha dàil ann uaireannan le bhith a' faighinn an fhiosrachaidh dhearbhte. Mar sin, airson comharran a tha air an toirt a-steach dhan LGBF agus buidhnean slat-tomhais eile den aon seòrsa, tha stadastaireachd 2021-22 air an toirt seachad. Chan eil cuid de chomharran air an aithris ach gach ràithe, agus far a bheil seo fìor, chaidh inbhe airson R4 de 2022-23 a thoirt seachad. Tha cairtean-sgòraidh stèidhichte air gnìomhan planaichean nam buidhnean-stiùiridh, gnìomhan planaichean sgìreil agus PCCan planaichean nam buidhnean-stiùiridh.

## Eaconamaidh: Ùrachadh Oighreachd



Iuchair nam Prìomhachasan: Slat-tomhais airson dearg: Chan eil 50% a' coileanadh na targaid

# Eaconamaidh: Ùrachadh Oighreachd

Am measg cuid de phrìomh phrìomhachasan na comhairle a tha co-cheangailte ri Ùrachadh Oighreachd, tha:

- Taic, comhairle agus riaghladh gnìomhachais èifeachdach
- Tha oighreachd againn a tha seasmhach, èifeachdach agus iomchaidh
- Tha daoine a' faighinn taic gus dòighean-beatha fallain gnìomhach a bhith aca le fòcas air Beatha a-muigh, Beatha Mhath agus Beatha Mhath aig an taigh.



## PRÌOMH SHOIRBHEACHASAN

- **CUIBHREANN DEN LÀR A-STAIGH A THA ANN AN STAID FHREAGARRACH:** Tha a' chuibhreann den làr a-staigh ann an togalaichean obrachaidh a tha ann an staid iomchaidh aig 91.82%, a tha nas àirde na an targaid againn de 89.2% agus a tha a' dol am feabhas gu slaodach agus gu cunbhalach gach bliadhna. Seach gu bheil ag ath-sgrùdadh stòrasan nach eil a' coileanadh mar as còir no gum bi iad mar phàirt de ro-innleachdan leantainneach (Stòrlannan, Ro-innleachd Spàs Oifis) bu chòir dhan fhigear seo cumail a' dol am feabhas.
- **PRÒGRAM DÌ-THASGADH STÒRASAN** Tha obair leantainneach air a bhith ann le grunn cuidhtean stòrasan a' dol air adhart tron mhodh-obrach Cuidhtean Stòrasan. Airson bliadhna 2022/23 chaidh 5 reicean a thoirt gu crìch uile gu lèir a bharrachd air tar-ghluasad de 3 goireasan gu HRA airson ath-leasachadh. Tha grunn reicean eile a' dol air adhart, le litrichean-chumhachan air an crìochnachadh le ùmhlachd do chumhachan a chuireadh dàil air a chùis m.e., an ceannaiche a' faighinn cead dealbhadh is msaa.
- **BUIDSEAT CARBOIN:** Chaidh am “mapa slighe” carboin a chruthachadh agus chaidh aontachadh air 29 Sultain 2022. Tha am mapa slighe a' comharrachadh cheumnan gus carbon a lùghdachadh ann an togalaichean obrachaidh leithid leasachadh fabraig, pumpaichean teas adhair, solais LED, pannalan PV. Tha am mapa slighe a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air na cosgaisean calpa agus eimiseanan carboin measta. Tha sgrùdaidhean ion-dhèantachd gan dèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil na ceumnan a thathar a' moladh

comasach agus gu bheil na cosgaisean measta làidir.

## PRÌOMH DHÙBHLAIN

- **TOGLAICHEAN GNÌOMHACH A THA FREAGARRACH AIRSON AN CLEACHDADH LÀITHREACH** Bha portfolio de 612 ionadan aig Comhairle Siorrachd Obar Dheathain – lùghdachadh de 7 bhon Ghiblean 2022 Tha an comharra coileanadh iomlan a' sealltainn beagan leasachaidh le 478 stòrasan/feartan obrachaidh air am meas iomchaidh airson mar a tha iad air an cleachdadh an-dràsta – co-ionann ri 78.1% (leasachadh de 0.23%). Tha grunn stòrasan nach eil a' coileanadh mar as còir fo ath-sgrùdadh le Seirbheisean agus/no mar phàirt de ro-innleachdan leantainneach a tha gan cur an gnìomh m.e. Stòrlannan, Ro-innleachdan Spàs Oifis is eile. A bharrachd air seo, thathar cuideachd a' faighinn tron Loidhne-pioba Cuidhteachaidh Stòrasan.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh phrìomhachasan](#)

An Eaconamaidh againn:

# Tar-shealladh air buidhnean-stiùiridh

## SEIRBHEISEAN FOGHLAIM IS CHLOINNE:

Tha sgioba nan Oighreachdan Ionnsachaidh air a bhith ag amas air dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr den oighreachd ionnsachaidh a th' againn aig an àm seo agus ann a bhith a' dèanamh phlanaichean iomchaidh airson feumalachdan na h-oighreachd againn san àm ri teachd. Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha an sgioba air leantainn orra ag obair gu cruaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an oighreachd againn iomchaidh aig an àm seo agus airson an àm ri teachd, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil i èifeachdach agus a' brosnachadh buannachdan foghlaim do luchd-ionnsachaidh. Gu sònraichte, tha an sgioba air deagh adhartas a dhèanamh a thaobh phlanaichean airson solar sgoile ann am Fearann Mhàrtainn a Deas, Chapelton agus Baile nam Frisealach.

Tha prògram nam Bun-phreantasachdan againn fhathast a' fàs, le timcheall air 800 neach òg a-nis a' dèanamh nam prògraman sin thar nan acadamaidhean againn aig ìrean 4, 5 agus 6 aig Frèam-obrach Creideas is Teisteanas na h-Alba (SCQF). Tha sinn a' faicinn seo mar phrìomh fheart den mhodh-obrach A' Leasachadh ar Sgioba-obrach Òg (DYW) agus tha seo ro-chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil loidhne-phioban tàlant gu leòr ann an roinnean cosnaidh ionadail iomchaidh.

Tha sinn fhathast a' faicinn lùghdachadh ann an àireamhan sgoilearan bun-sgoile ann an cuid de sgìrean, a' fàgail gu bheil àrdachadh ann an sgoiltean "aon chlas". Tha seo a' fàgail gu bheil dùbhlain ann a bhith a' cumail suas oighreachd a tha a' fàs nas sine agus a' toirt seachad suidheachadh ionnsachaidh beothail na 21mh linn do luchd-ionnsachaidh. Mar an ceudna, tha fo-thasgadh eachdraidheil nar n-oighreachd chur-seachadan air ciallachadh gum feumar cuid de ghoireasan ùrachadh aig àm nuair a tha cuingeadan buidseit ann. Tha Live Life Siorrachd Obar Dheathain air leantainn air adhart a' cleachdadh dòigh-obrach choimeirsealta a thaobh a obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil an luach as fheàrr ann ach tha seo fhathast na raon dùbhlanaich.

Bidh na prìomh raointean fòcas airson leasachadh co-cheangailte ri pròiseact Àrainn Chòimhearsnachd Cheann Phàdraig, pròiseact bun-sgoil Bhaile nam Frisealach agus obair leantainneach co-cheangailte ri solar ann am Fearann Mhàrtainn a Deas agus Chapelton. Tha sgioba Live Life Siorrachd Obar Dheathain ag obair air planaichean *Levelling Up* àrd-amasach a chruthachadh airson lasglann Dùn MhicDhuibh agus airson pròiseact cairteal cultarail ann an Ceann Phàdraig a bharrachd air ath-sgrùdadh

a dhèanamh air cleachdadh ghòireasan Live Life Siorrachd Obar Dheathain gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de na ghòireasan a tha ann.

Tha dà bhuannachd aig an lùghdachadh san oighreachd ionnsachaidh againn ann a bhith a' lùghdachadh ar lorg carboin agus aig an aon àm a' toirt seachad foghlam nas fheàrr do dhaoine òga. A bharrachd air sin, tha na togalaichean sgoile ùra a thathar a' planadh gan dealbhadh a rèir nan sònraichidhean as ùire, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad cho càirdeil dhan àrainneachd agus cho seasmhach 's a ghabhas. Tha ar tasgadh leantainneach ann an solar Bun-phreantasachdan a' fàgail gu bheil an àireamh sa cheud de luchd-fàgail na sgoile a tha a' fàgail na sgoile le co-dhiù aon theisteanas dreuchdail aig ìre 6 aig 18% (an taca ri figear Albannach de 10%). Aig SCQF ìre 5, tha figear Siorrachd Obar Dheathain aig 34% an taca ri figear na h-Alba de 27%.

## SEIRBHEISEAN ÀRAINNEACHD IS BUN-STRUCTAIR:

### *Am measg soirbheachasan eile na Buidhne-stiùiridh againn tha:*

- A bhith a' cumail tachartas rothaireachd cliùiteach Tour of Britain dà thuras, ag àrdachadh inbhe chultarail Siorrachd Obar Dheathain
- Fhuair Planadh is Eaconamaidh £1.7M airson 9 pròiseactan roinneil agus £1.5M airson Friends of Tarlair Pavilion
- Chaidh prìomh phlana tràigh Bhaile nam Frisealach a chrìochnachadh
- Tha tabhartasan tòiseachaidh air togail a thoirt do 130 gnìomhachas san sgìre
- Rinn ar n-oidhirpean comas-cosnaidh againn cinnteach gun do chur sinn an comas 41 fastaidhean, 54 greisean gnìomhachais do dhaoine a bha gun obair fad-ùine agus 270 cosnadh no preantasachd.
- Fhuaras maoineachadh bhon taobh a-muigh de £29.3M bho 107 tagradh
- Chuidich LACER, Maoin Ath-bheothachaidh Riaghaltas Ionadail na h-Alba le 313 obraichean agus £600,000 ann an tasgadh gnìomhachais.
- Dh'fhuasgail an inbhe mar Sòn Tasgaidh £80M ann an tasgaidhean
- Chaidh Ro-innleachd Eaconamach Roinneil 2035 aontachadh.
- Chuir Inbhean Taigheadais is Togail £34.2M an seilbh, ag ùrachadh 3,526 taigh comhairle

Taobh a-staigh Ceann Chàrdainn is a' Mhaoirn, tha cothrom ann piseach a bharrachd a thoirt air tachartasan taice co-cheangailte ri amannan sònraichte m.e., Tour of Britain, gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh fàs gu bhith nan sealladh a tharraingeas barrachd luchd-tadhail aig nach eil ùidh mhòr ann an rothaireachd agus gus na leasan a chaidh ionnsachadh a cho-roinn.

Nì Planadh agus Eaconamaidh ath-sgrùdadh air a' Phlana Seirbheis agus air Plana Gnìomh Eaconamach Siorrachd Obar Dheathain agus bidh seo ag ath-thaobhadh na Seirbheis gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an riarachadh do raointean prìomhachais eaconamach.

A thaobh buaidh, tha àrdachadh air a thighinn air àireamh an luchd-tadhail do Shiorrachd Obar Dheathain; ìomhaigh nas fheàrr do Shiorrachd Obar Dheathain agus buaidh neo-dhìreach fhàbharach air an àireamh dhaoine a tha a' gabhail pàirt ann an dòighean-beatha fallain.

Tro bhith ag ath-thaobhadh ghoireasan gu raointean agus roinnean sònraichte den eaconamaidh, tha coimhearsnachd gnìomhachais Siorrachd Obar Dheathain a' faighinn barrachd taic. A bharrachd air sin, tha ath-chleachdadh ghoireasan gus sgioba maoinachaidh bhon taobh a-muigh a chruthachadh ann an 2021 air àrdachadh mòr a thoirt air an ìre de mhaoineachadh bhon taobh a-muigh a chaidh a thoirt a-steach gu Siorrachd Obar Dheathain anns na 12 mìosan a dh' fhalbh. Mar thoradh air seo tha ìre nas àirde de mhaoineachadh ri fhaighinn gus prògraman calpa a libhrigeadh agus gus cothrom a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd gus prògraman bun-structair coimhearsnachd a libhrigeadh.

### SEIRBHEISEAN GNÌOMHACHAIS:

'S i a' Chomhairle an cliant as motha airson obair togail san sgìre. Tha am pasgan seilbh as motha aice san Ear-thuath, lse cleachdadh nan stòrasan ceangailte gu dìreach ri càileachd nan seirbheisean a thathar a' libhrigeadh; agus tha am pasgan tasgaidh a' cuideachadh le bhith a' brosnachadh gnìomhachd eaconamach agus a' toirt teachd a-steach dhan Chomhairle.

Ath-sholaraidh Siorrachd Obar Dheathain cùmhnannt Hard FM a' libhrigeadh obair càraidh is cumail suas riatanach do thogalaichean na Comhairle.

### Am measg nan coileanaidhean againn tha:

- A' dealbhadh agus a' cur an gnìomh Frèam Mion-obrach, a' cleachdadh cunnrairean ionadail gus taic a thoirt do leasachadh sèine solair ionadail – chaidh 2,700 òrdugh a thoirt a-mach le luach £3.9m.
- A' cruthachadh Siostram Ceannach Dionamaig mar shlighe solair – chaidh 27 pròiseact air an toirt seachad le luach £4.2m.
- A' cruthachadh na Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine airson 2023-28, ann an co-bhonn ri Seirbheisean agus Buill.

A thaobh raointean airson leasachadh, chaidh Operation Oyne – prògram dì-thasgadh stòrasan – a stèidheachadh gus am feum as fheàrr a dhèanamh de dh'àrainneachd thogte na Comhairle. Is e dòigh ùr a tha seo gus am prògram Dì-thasgadh Stòrasan a thoirt còmhla agus feuchaidh seo ri luaths agus èifeachdas a thoirt a-steach dhan phròiseas iomlan.

Leanaidh Ionmhas air ag obair le seirbheisean agus Ceannardas Ro-innleachdail gus raointean a chomharrachadh anns a bheil an cunnart ionmhasail as motha agus gus maothachadh iomchaidh a thoirt a-steach. A bharrachd air sin, tha iad ag obair le seirbheisean air raointean air a bheilear a' beachdachadh airson Atharrachadh gus raointean sàbhalaidd buidseit a chomharrachadh san àm ri teachd. Bidh ath-sgrùdadh leantainneach ann cuideachd air a' Phlana Chalpa gus dèanamh cinnteach gum bi e comasach a libhrigeadh, seasmhach agus air prìs reusanta san àm ri teachd.

Tha planaichean ann gus gluasad gu direct debits gun phàipear airson fèin-sheirbheis loma Fhiachan, Cìs Comhairle agus Ìrean Gnìomhachais, a' gabhail a-steach cunntasan-d.

Thèid a' bhuidhne a thomhas agus sinn ag obair a dh'ionnsaigh buidseit cothromaichte airson 2024/25 mar phàirt den Ro-innleachd Ionmhais Mheadhan-ùine.

San fharsaingeachd tha sinn a' faicinn cosgaisean nas isle agus nas lugha de conaltradh le custamairean mar thoradh air leasachaidhean seirbheis.



# Plana na Comhairle 2022-27

## Geàrr-chunntas

### TAR-SHEALLADH

**Ionnsachadh fad Beatha:** Tha aon comharra co-cheangailte ri Ionnsachadh airson Beatha, **co-cheangailte ri clachan-mìle leasachaidh**, air nach deach aithris agus nach eil a' nochdadh ann am pàipear-taice 3 airson R4, leis nach eil dàta ann aig an àm seo.

**Tha an àireamh sa cheud de dhaoine òga le eòlas air cùram a tha a' faighinn duaisean agus a' dol gu cinn-uidhe adhartach** air a thomhas le 2 chomharra, aon a tha aig orains agus aon a tha aig uaine.


**Atharrachadh na gnàth-shìde:** Tha 2 thaisbeanair ann am plana na comhairle a tha a' dèanamh suas tomhas **Caitheamh Cumhachd na Comhairle**. Tha an dà chomharra seo ann an cruth dàta a-mhàin.

**Fàs eaconamach:** **Tha an àireamh de ghnìomhachasan a tha air mairsinn fad 1 bliadhna agus fad 5 bliadhna** air a thomhas a' cleachdadh dà thaisbeanair eadar-dhealaichte, agus tha an dà chuid uaine.

**Bun-structar agus Stòrasan Poblach:** **Tha comas a rèir iarrais agus tha cleachdadh èifeachdach ann de dh'òigheachd nach eilear a' cleachdadh gu leòr** air a dhèanamh suas de dhà cheum – aon dhiubh a tha uaine agus aon dhiubh aig a bheil dàta a-mhàin.

**Coimhearsnachdan Ath-leumach:** Tha an ceum seo air a dhèanamh suas de 5 comharra: **àireamh nas motha de dhachighean a' faighinn taic tro bhith a' cleachdadh àrdachadh teachd-a-steach, comhairle airgid is dòigh-obrach ruigsinneachd chòraichean sochair** – agus tha iad seo uile uaine.

**Tha an tomhas iomlan airson tagraidhean sochairean gach mìos (lùghdachadh taigheadais/Cis na Comhairle)** air a dhèanamh suas le dà thaisbeanair – is e dàta a-mhàin a tha san dà chuid.



**An aire:** Tha cuid de cheumannan aig a' chomhairle a tha an urra ri barrachd air aon chomharra gus ar coileanadh san raon seo a nochdadh gu ceart. Mar thoradh air seo, dh'fhaodte gum bi an cunntas sa ghraf nas àirde na àireamh nam prìomh chomharraidhean taobh a-staigh Plana na Comhairle. Gus co-theacs a bharrachd fhaighinn, faic am mion-fhiosrachadh gu h-ìosal mu gach comharra a bharrachd a tha ann am Pàipear-taice 3 agus sa ghraf gu h-àrd.

## SOIRBHEACHASAN

**IONNSACHADH FAD BEATHA:** Rè seisean sgoile 2021/22, bha cinn-uidhe adhartach aig 96.7% de luchd-fàgail na sgoile air fad, a' sealltainn àrdachadh air na h-ìrean a bh' ann ro ghalar làir-sgaoilte Covid (96.4% seisean 2018/19) agus tha iad fhathast os cionn na h-ìre nàiseanta (95.7%) agus cuideachd os cionn ìre [Chaidreachais a Chinn a Tuath](#) (95.4%).

**SLÀINTE IS SUNND:** Bidh daoine nas sine na 75 a' cur seachad 490 latha san ospadal nuair a tha iad deiseil airson a bhith air an leigeil ma sgaoil (gach 1,000 duine san t-sluagh). Tha seo gu math nas ìsle na cuibheasachd na h-Alba de 919 agus nas ìsle na cuibheasachd nam buidheann teaghlaich de 499.

**ATHARRACHADH NA GNÀTH-SHÌDE** Tha grunn chomharran ùra ann gus soirbheas nan gnìomhan againn a thaobh dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde a thomhas agus tòisich sinn air an clàradh agus air aithris orra air an ath bhliadhna.

**FÀS EACONAMACH:** Tha 18.3% de dhaoine gun chosnadh air cuideachadh a-staigh a dh'obair fhaighinn bho Phrògraman Cosnadh air an ruith le/ air am maoinachadh leis a' Chomhairle. Tha seo na leasachadh mòr air figear 2021/22 de 6.8% agus tha e nas motha na targaid 2022/23 de 12.6%.

**BUN-STRUCTAR AGUS STÒRASAN POBLACH:** Tha 91.82% den làr a-staigh ann an togalaichean obrachaidh ann an staid iomchaidh. Tha seo fhathast os cionn ar targaid de 89.2%.

**COIMHEARSNACHDAN ATH-LEUMACH:** Chaidh 1,018 dachaigh a chuideachadh gus an teachd a-steach a mheudachadh. Tha seo os cionn ar targaid de 700. Tha cùmhnannt Comhairle Siorrachd Obar Dheathain le SCARF a' toirt cothrom dhan Sgioba Comhairleachaidh Cumhachd Dachaigh (HEAT) tadhalan dachaigh a dhèanamh agus làn Sgrùdaidhean Cumhachd Dachaigh (HEC) a dhèanamh. Gheibh muinntir na dachaigh comhairle fheumail air mar a dh'fhaodas atharrachaidhean giùlain simplidh na cosgaisean lùtha aca a lùghdachadh agus an teachd a-steach a mheudachadh.

## RAOINTEAN LEASACHAIDH

**IONNSACHADH FAD BEATHA:** Bha an àireamh sa cheud de ar Daoine Òga le Eòlas air Cùram a' fàgail na sgoile ann an seisean 2021/22 a' fhuair deagh cheann-uidhe às dèidh na sgoile dìreach beagan far na targaid aig 82.3% agus air lùghdachadh an taca ris na trì bliadhna roimhe (-8.3% an taca ris a' chuibheasachd airson nan trì bliadhna roimhe sin) airson na buidhne bige seo (36 daoine òga gu cuibheasach). Ged a tha seo fhathast aig còrr air 4/5 den bhuidhinn seo, tha e nas ìsle na an ìre nàiseanta as ùire (86.0%).

**SLÀINTE IS SUNND:** Ged a tha an àireamh iomlan de chom-pàirtichean a' cleachdadh seirbheisean Live Life Siorrachd Obar Dheathain (LLA) thar Spòrs is Gnìomhachd Corporra (SPA) agus cultar fhathast ag aithris gu bheil iad nas ìsle na an targaid thairis air na mìosan mu dheireadh de 2022/23 (a' coileanadh timcheall air 25% nas ìsle na targaid R4), thairis air a' bhliadhna bha com-pàirteachadh cha mhòr an treas cuid na b' àirde na a' bhliadhna roimhe (+32.1%). Tha LLA a' leantainn air adhart a' togail air an treand fhàbharach de dh'àireamhan frithealaidh ro ghalar làir-sgaoilte Covid.

**ATHARRACHADH NA GNÀTH-SHÌDE** Nochd dàta airson R4 de 2022/23 nach eil ach 38.7% de sgudal taighe ga ath-chuairteachadh an-dràsta – tha seo nas ìsle na an targaid de 45%. Tha an tuiteam seo san àireimh sa cheud mar thoradh air tuiteam ann an sgudal gàraidh aig an àm seo den bhliadhna. Tha cuideachd meudan nas lugha de stuthan togail/DIY leithid sprùilleach is ùir ann a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ri treand ràitheil no crìonadh ann an leasachaidhean dachaigh ri linn èiginn na cosgais bith-beò.

**FÀS EACONAMACH:** Tha a' chuibheireann de thogalaichean aig a bheil bann-leathann fìor-luath aig 85% an-dràsta. Ged a tha seo na àrdachadh bho 2021/22 (83.75%) tha e fhathast nas ìsle na an targaid de 94%. Tha Siorrachd Obar Dheathain fhathast air aon den na h-Ùghdarrasan Ionadail leis na ceanglaichean as mìosa, san 27mh àite a-mach à 32.

**BUN-STRUCTAR AGUS STÒRASAN POBLACH:** Tha 478 de na togalaichean obrachaidh freagarrach airson a' chleachdadh làithreach aca. Chan eil seo a' coileanadh ar targaid de 82.31% fhathast. Bha portfolio de 612 àiteachan aig Comhairle Siorrachd Obar Dheathain (lùghdachadh de 7 bhon Ghiblean 2022). Tha an comharra coileanadh iomlan a' sealltainn beagan leasachaidh le 478 stòrasan/fearthan obrachaidh air am measadh mar a tha iomchaidh airson mar a tha iad air an cleachdadh an-dràsta – co-ionann ri 78.1% (leasachadh de 0.23%).

**COIMHEARSNACHDAN ATH-LEUMACH:** Chaidh £1,923,780 den bhuidseat teachd a-steach a riarachadh tro bhuidseat com-pàirteachail (tha an dàta as ùire ri fhaighinn airson 2021/22). Bha seo tòrr na b' isle na an targaid de £ 6,624,000.

## GNÌOMHAN LEASACHAIDH

**OPERATION OYNE:** Bidh Operation Oyne a' cur fòcas air a bhith a' cruthachadh Oighreachd Comhairle a tha iomchaidh gus seirbheisean poblach a libhrigeadh a tha a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan againn aig an àm seo agus san àm ri teachd. Tha timcheall air 85 stòrasan falamh an-dràsta, le 80 stòrasan obrachaidh eile anns a' chlàr cuidhteis stòrasan. A bharrachd air sin, tha 140 togalach taobh a-muigh a' chlàir cuidhteis stòrasan làthireach a tha air an comharrachadh airson ath-sgrùdadh.

**BANN-LEATHANN** Tha an sgioba Conaltradh Didseatach a' leantainn orra ag obair le togalaichean agus chaidh 320 eàrlas Bann-leathann na h-Alba a chleachdadh gus ceanglaichean fa leth a leasachadh. Seo 10% de dhachaidhean ion-roghnach agus is e seo an ìre as àirde ann an Alba air sgàth cho dùthchail 's a tha an sgìre againn agus mar thoradh air oidhirpean sgioba nan Ceanglaichean Didseatach.

**LITEARACHD BEURLA IS ÀIREAMHACHD:** Tha na h-ath cheumannan ro-innleachdail gus amasan sìnte a stèidheachadh a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh eadar-theachdan Maoin Co-ionannachd Sgoile stèidhichte air rannsachadh, a' co-roinn deagh chleachdadh ann an cleachdaidhean breithneachadh proifeasanta luchd-teagaisg ann am modaratadh, agus a bhith a' neartachadh obrachadh ioma-bhuidhneach èifeachdach.

**A' LEASACHADH LUCHD-OBRACH ÒGA** A' togail comas-libhrigidh agus com-pàirteachas a thaobh com-pàirt luchd-fastaich airson a bhith a' libhrigeadh Bun-phreantasachdan, agus ath-sgrùdadh air an Aonad Greis Gniomhachais.

---

### Aithisgean:

[Aithisg Cairt Sgòr \(R4\) air Plana na Comhairle 2022-27](#)

Dè tha dol san sgìre agad?

# BÙCHAINN

**LÈIRISINN AIRSON CEANN PHÀDRAIG 2040:** Lèirsinn airson Ceann Phàdraig 2040: Tha cruthachadh lèirsinn airson Ceann Phàdraig 2040 ga dhèanamh ann an trì irean:

Ìre 1 – rannsachadh air a dhèanamh le Comhairle Siorrachd Obar Dheathain;

Ìre 2 – sir co-obrachadh le Luchd-ùidh gus Ceann Phàdraig 2040 a leudachadh

Ìre 3 – Conaltradh coimhearsnachd a' cleachdadh farsaingeachd de dhòighean

Tha Ìre 1 a-nis deiseil agus le fòcas air cruinneachadh fiosrachaidh agus tuigse fhaighinn air na rudan air a bheil fios againn mar-thà tro bhùthan-obrach seirbheis, mion-sgrùdadh dàta, conaltradh is ath-sgrùdadh phlanaichean, mapadh tasgaidh.

Tha Ìre 2 a' dol air adhart a-nis. Thathar an dùil gum bi Ceann Phàdraig 2040 a' gabhail a-steach cuid de na h-amasan Beatha Ionadail leithid barrachd chothroman airson siubhal gnìomhach agus leasachadh ruigsinneachd ionadail air goireasan. Ach, aig a' cheann thall, 's e an t-amas aig Ceann Phàdraig 2040 a h-uile poileasaidh, tasgadh, agus libhrigeadh seirbheis a cho-thaobhadh – chan e dìreach planadh agus cleachdadh fearainn – timcheall air Ceann Phàdraig mar àite, gus am bi a h-uile gnìomh a thaobh bochdainn, neo-ionannachd, ionnsachadh, slàinte agus atharrachadh gnàth-shìde. air a cho-òrdanachadh gus a' bhuaidh adhartach as motha a thoirt air Ceann Phàdraig agus a coimhearsnachdan.

**CHANGING PLACES AILEIN:** Fhuair togail taighean-beaga Changing Places ann am Pàirce Dhùthchail Ailein (*Aden*) taic-airgid bho Mhaoin Bun-structair Turasachd Dùthchail VisitScotland. Chan e a-mhàin gun cuidich na goireasan seo gus dèiligeadh ris an iarrtas àrd airson goireasan luchd-tadhail àrd-inbhe, ach cumaidh iad taic do choimhearsnachdan in-ghabhalach cuideachd, agus do ghoireasan leasaichte do bhuidhnean air an iomall. Gu dearbha, thathar an dòchas gun dèan na goireasan Changing Places ùra an diofar eadar turas goirid, no an cothrom fois a ghabhail agus tlachd fhaighinn à goireasan na pàirce nas fhaide. Do chuid de theaghlaichean is iad na goireasan seo am prìomh adhbhar sa cho-dhùnadh tadhal air a' phàirc idir. Tha an goireas Changing Places suidhichte anns a' phrìomh phàirce chàraichean agus a' tabhann inneal-togail, fras, leabaidh, sgrìon prìobhaideachd, rèilichean-làimhe agus a h-uile càil a dh'fheumar gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine le feumalachdan cùraim iom-fhillte.

**ÀRAINN COIMHEARSNACHD CHEANN PHÀDRAIG:** Lean obair air a' chiad ìre de dh'Àrainn Choimhearsnachd ùr Cheann Phàdraig a bhios a' gabhail a-steach bun-sgoil, àrd-sgoil agus sgoil Anna Ritchie air làrach Rathad Kinmundy, le obair air bun-bheachd agus air dealbhadh teicnigeach agus tha a' chùis ghnòthachais iomlan air a chrìochnachadh. Thathar an dùil gun toir e timcheall air dà bhliadhna gu leth gus a' chiad ìre timcheall a thogail, agus thathar an dùil gun tèid an àrainn coimhearsnachd a chrìochnachadh sa Mhàrt 2026. Leanadh an dàrna ìre de dh'obair gus ionad coimhearsnachd a thogail air làrach na h-acadamaidh a th' ann mar-thà an uair sin.

**CEATHRAMH CULTARACH CHEANN PHÀDRAIG** Tha tagradh soirbheachail airson Maoin *Levelling Up* bho Riaghaltas na RA am-bliadhna a' comasachadh Ceathramh Cultarail Ceann Phàdraig a libhrigeadh. Tron phròiseact àrd-amasach seo, thèid Taigh Arbuthnot, togalach sònraichte ann am meadhan a' bhaile, ath-nuadhachadh gu h-ìomchaidh agus a leudachadh gu bhith na dhachaigh do leabharlann a' bhaile agus do taigh-tasgaidh roinneil ùr. Bidh cafaidh is taigh-bidh anns a' ghoireas cuideachd le seallaidhean den chala, agus nithear àite uaine phoblach ùr den t-seann ghàrradh bhallach. Thèid togalach làithreach Taigh-tasgaidh Arbuthnot agus Leabharlann Carnegie ath-nuadhachadh agus atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi àite leantainneach agus beothail aige sa choimhearsnachd. Thathar an dùil gun tèid seo a chrìochnachadh ann an 2026.

## Aithisgean:

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomha Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.

Dè tha dol san sgìre agad?

# MÀRR

**RATHAD-IARAINN COIMHEARSNACHD GLEANN ÀFARD** Tha am pròiseas Glusad Stòrasan Coimhearsnachd air taic agus neartachadh a thoirt do bhuidheann coimhearsnachd gus an t-seann stèisean agus rathad-iarainn a ghabhail thairis bho Àfard gu Pàirc Haughton, gus airgead a thogail faisg air leth mhillean not agus ath-bheothachadh a dhèanamh air stòras coimhearsnachd.

Tha am pròiseact na rathad-iarainn beag a tha a' cheangail a' bhaile ris a' phàirc dhùthchail.

## BUAIDH:

- Buidhnean coimhearsnachd neartaichte
- Tha taic làidir ann bhon choimhearsnachd
- Àireamh shusbainteach de shaor-thoilich
- Tàlaidh seo àireamhan nas motha de luchd-tadhail agus bidh buannachdan eaconamach co-cheangailte ri seo
- Tha e a' toirt chothroman do dhaoine sa choimhearsnachd agus do luchd-tadhail a bhith ag ionnsachadh agus a' dol an sàs leis an eachdraidh, cothroman-obrach gus an rathad-iarainn a stiùireadh agus a ruith le eadar-obrachadh sòisealta airson gach aois.

## A' CHUAIRT DHEIREANNACH DE THURAS BHREATAINN

Chaidh rèis rothaireachd proifeasanta Tour of Britain a libhrigeadh gu soirbheachail a dh'aindeoin ùine eagrachaidh duilich mar thoradh air mì-chinnt a thaobh chuingealachaidhean Covid. Bha sluagh mòr de luchd-amhairc an làthair air feadh na slighe le àireamhan nas motha ann an Abèidh agus Bhealadair.

Bha deagh sgeulachdan sna meadhanan mar thoradh air telebhisean beò agus ùidh nas fharsainge aig na meadhanan.

## BUAIDH:

- Tàlaidh seo àireamhan nas motha de luchd-tadhail agus bidh buannachdan eaconamach co-cheangailte ri seo
- A' toirt chothroman dhan choimhearsnachd agus do luchd-tadhail ionnsachadh agus a bhith a' dol an sàs anns na cothroman a chruthaicheas rothaireachd

**CINN-ÙIDHE ÀS DÈIDH NA SGOILE** Tha an àireamh sa cheud de luchd-fàgail na sgoile ann am Màrr a tha a' dol gu ceann-uidhe adhartach às dèidh na sgoile nas fheàrr am-bliadhna na na h-ìrean ro ghalar lèir-sgaoilte Covid aig 98.1%. Is e àrdachadh de 3.8% a tha seo agus tha e gu math nas àirde na an ìre nàiseanta de 95.7% airson 2021/22.

**BUN-PHREANTASACHDAN** Tha an àireamh sa cheud de dhaoine òga a rinn bun-phreantasachd soirbheachail ann an sgoiltean Mhàrr mar phàirt de phrògram Bun-phreantasachd air a stiùireadh le Siorrachd Obar Dheathain no air a stiùireadh le Colaiste Foghlam Adhartach air an deagh aithris airson seisean sgoile 2021/22 de 79.2% fhathast gu mòr air thoiseach air na h-àireamhan nàiseanta as ùire airson na làn buidhne (46.5%) agus a' sealltainn leasachadh an taca ris a' bhliadhna roimhe, le àrdachadh de 5.9% air 2021/22.

## Aithisgean:

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomha Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.

Dè tha dol san sgìre agad?

# GAIRBHEACH

## **BUIDSEAT COMATAIDH SGÌREIL – MAOIN ÈIFEACHD LÙTHS**

Dh'aontaich Comataidh Sgìreil Ghairbhich ri riarachadh de £20,000 ann an 2021/22 agus £34,040 ann an 2022/23. Tha goireasan coimhearsnachd le taic bho sgioba Cumhachd na Comhairle air sgrùdaidhean a dhèanamh agus tha iad air taic fhaighinn ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu chumhachd agus èifeachdas lùtha.

### **BUAIDH:**

Tha am pròiseact seo air ruith fad dà bhliadhna ionmhais a-nis agus tha e air maoineachadh a sholarachadh airson 9 goireasan coimhearsnachd (a bharrachd air comhairle airson barrachd) gus leigeil leotha a bhith nas seasmhaiche le bhith a' lùghdachadh nan cosgaisean obrachaidh aca. Tha sgrùdadh a' dol air adhart leis na goireasan coimhearsnachd. Dh'aontaich a' Chomataidh ri £20,000 a bharrachd airson 2023/24 leis gu bheil ùidh ann agus feum air goireasan coimhearsnachd ann an Gairbheach.

**ATH-SGÙDADH STÈIDHICHTE AIR ÀITE: INBHIR UARAI DH** Chaidh an obair a choimiseanadh agus thòisich i san Dùbhlachd 2022 le clàr-ama airson nan toraidhean air a thoirt seachad san Ògmhios 2023. Chaidh seo a choileanadh agus bidh gearr-chunntas, aithris agus prògram libhrigidh ro-innleachdail mun àite mar phàirt den toradh.

### **BUAIDH:**

Chaidh an obair a choimiseanadh agus thòisich i san Dùbhlachd 2022 le clàr-ama airson nan toraidhean air a thoirt seachad san Ògmhios 2023. Chaidh seo a choileanadh agus bidh gearr-chunntas, aithris agus prògram libhrigidh ro-innleachdail mun àite mar phàirt den toradh.

**PLANAICHEAN GNÌOMH COIMHEARSNACHD:** Tha Oifis Sgìreil Gairbheach, còmhla ri comhairliche air a choimiseanadh a' cumail taic ri libhrigeadh grunn phlanaichean gnìomh coimhearsnachd. Chaidh Oyne fhoillseachadh. Tha planaichean Clachan Sgàin, Westhill agus Eachd a' dol air adhart agus tha ùidh ann bho choimhearsnachdan eile le Newmachar gu bhith tòiseachadh leis an ath phlana gus Plana Gnìomh Coimhearsnachd (CAP) ullachadh a tha cuideachd na Phlana Àite Ionadail.

### **BUAIDH:**

Tha cruthachadh Plana Gnìomh Coimhearsnachd a' cumail taic ri togail comais, libhrigeadh phròiseactan, a' toirt soilleireachd agus fòcas do bhuidhnean coimhearsnachd, a' toirt guth do choimhearsnachd agus a' cumail taic ri co-dhùnaidhean. Tha iomradh air Planaichean Gnìomh Coimhearsnachd anns na Planaichean Leasachaidh Ionadail mar eisimpleir agus tha iad air an cleachdadh airson co-dhùnaidhean maoineachaidh ionadail agus cuideachd le seirbheisean comhairle agus com-pàirtichean planaidh coimhearsnachd mar bhunait fianais iomchaidh.

**A' CUMAIL TAIC RI PRÒISEAS ATH-THAGHAIDH AIRSON SGÌRE LEASACHADH GNÌOMHACHAIS WE ARE INVERURIE** B' e Leasachadh Eaconomach, le taic bho Oifis na Sgìre, a bha os cionn pròiseas an taghaidh. Chaidh am BID ath-thaghadh tron bhaileat. Tha We are Inverurie BID a-nis air tòiseachadh air a' phlana gnìomhachais còig bliadhna aca. Tha BID na phrìomh buidheann-ùidh ann an Lèirmheas Stèidhichte air Àite airson Inbhir Uraidh agus ann an dealbhadh àite. Tha e a' cumail taic ri Tachartasan Inbhir Uraidh agus a' toirt seachad taic air leth do ghniomhachasan agus choimhearsnachdan ionadail. Prìomh chom-pàirtiche airson Oifis Sgìreil Ghairbheach ann an uàrd 11.

### **Aithisgean:**

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomha Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.



Dè tha dol san sgìre agad?

# BANBH IS BÙCHAINN

**PÀIRC SPÈILIDH BHAILE NAM FRISEALACH** Chuir a' Chomhairle taic ri buidheann choimhearsnachd Bhaile nam Frisealach gus sgilean agus misneachd a thogail gus cur a-steach airson airgead, a' toirt cothrom do phròiseact Pàirce Spèilidh Bhaile nam Frisealach a thogail. Mar thoradh air seo, tha goireas ùr ann, a chaidh a dhealbhaidh airson a bhith a' gabhail a-steach stuthan agus dòighean togail seasmhach.

**BUAIDH:**

Tha goireasan nas fheàrr ann do dhaoine òga; a' lùghdachadh àireamh nan daoine òga a tha gan cur fhèin ann an cunnart.

**CLACHAN AIR AM PEANTADH AIR AN STÀLADH AIG IONAD SPÒRS IS CHOIMHEARSNACHD BHAILE NAM FRISEALACH:**

Aig àm a' ghlasaidh sìos, pheant sgoilearan Bun-sgoile clachan gus na faireachdainnean aca mun ghlasaidh-sìos agus mun ghalar lèir-sgaoilte a chur an cèill. Ag obair còmhla ri oileanaich Colaiste Ear-thuath na h-Alba (Nescol) agus am Boys Brigade, chaidh leacan a dhèanamh gus na clachan a chur a-steach sna gàrraidhean aig Ionad Spòrs is Coimhearsnachd Bhaile nam Frisealach.

**BUAIDH:**

Thug seo dòigh-labhairt do dhaoine òga air an tug glasaidhean-sìos buaidh a bharrachd air a bhith a' cruthachadh cothrom do dh'oileanaich togail aig Nescol agus buill den Boys Brigade leacan a dhèanamh airson seo, mar sin a' cleachdadh an cuid sgilean.

**A' COM-PÀIRTEACHADH LE ACADAMAIDH BHANBH ANNS A' PRHOGRAM "ACCELERATE":**

Chuir a' Chomhairle oileanaich an aithne do ghnìomhachasan agus buidhean ionadail. Thug seo seachad grunn dhòighean sam b' urrainn do na h-oileanaich ionnsachadh mu ghnìomhachasan agus mu mar a dh'fhaodadh e a bhith a' faireachdainn a bhith ag obair anns na suidheachaidhean sin.

**BUAIDH:**

A' togail misneachd anns na sgoilearan gus bruidhinn ri daoine ùra ris nach biodh iad a' coinneachadh air dhòigh eile; a' cur an comas sgoilearan a bhith a' faighinn eòlas pearsanta air diofar shuidheachaidhean gnìomhachais; ionnsachadh dè na sgilean a tha a dhith airson obraichean sònraichte.

**CINN-ÙIDHE ÀS DÈIDH NA SGOILE** Tha an àireamh sa cheud de luchd-fàgail na sgoile ann am Banbh is Bùchainn a tha a' dol gu cinn-uidhe adhartach às dèidh na sgoile nas fheàrr am-bliadhna na na h-ìrean ro ghalar lèir-sgaoilte Covid aig 95.6%. Is e àrdachadh de 1.5% a tha seo agus tha e a rèir na h-ìre nàiseanta de 95.7% airson 2021/22.

**BUN-PHREANTASACHDAN** Tha an àireamh sa cheud de dhaoine òga a chuir crìoch air Bun-phreantasachd gu soirbheachail ann an sgoiltean Banbh is Bùchainn mar phàirt de phrògram Bun-phreantasachd air a stiùireadh le Colaiste Obar Dheathain no air a stiùireadh leis a' Chomhairle air an deach aithris airson seisean sgoile 2021/22 de 82.5% fhathast gu fada air thoiseach air na figearan nàiseanta as ùire airson buidheann slàn agus a' sealltainn adhartas de 19.6% an taca ris a' bhliadhna roimhe.

**Aithisgean:**

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomha Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.

Dè tha dol san sgìre agad?

# FEARANN MHÀRTAINN

**A' TOGAIL CHOIMHEARSNACHDAN ATH-LEUMACH:** Dh'obraich a' chomhairle le buidhnean ath-leumachd gus Cumhachan Iomraidh a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd ann mu dhleastanasan, conaltradh, agus gus ionad fiosrachaidh a chruthachadh gus cothrom furasta fhaighinn air an fhiosrachadh iomchaidh agus as ùire.

## **BUAIDH:**

Bidh coimhearsnachdan air an ullachadh nas fheàrr airson droch thachartasan, bidh fios aca cò dha a chuireas iad fios, agus bidh prìomh cheanglaichean aca ri seirbheisean. Taic dhìreach do 11 buidhnean coimhearsnachd ann a bhith a' cruthachadh phlanaichean ath-leumachd.

**FÀS BIADH COIMHEASNACHD – MEALDRUIM** Thug a' chomhairle taic do bhuidheann coimhearsnachd gus àite freagarrach a chomharrachadh airson lotaichean/fàs coimhearsnachd ann am Mealdruim Tha sinn a-nis a' toirt air adhart an tagradh Gluasad Stòras Coimhearsnachd agus an uair sin a' toirt air adhart aonta-màil malairteach fearainn.

## **LEASACHADH PÀIRT DÙTHCHAIL BHAILE A' MHEADHAIN**

Tha a' chomhairle air a bhith ag obair tron bhuidhinn ioma-bhuidhneach, còmhla ri buidhnean coimhearsnachd ionadail, gus plana riaghlaidh ùr a chruthachadh airson na pàirce agus gus prìomh chothroman a chomharrachadh airson an àm ri teachd.

## **BUAIDH:**

Obair nas dlùithe eadar seirbheisean na Comhairle agus buidhnean coimhearsnachd agus cothrom cothroman a chomharrachadh a dhèanadh feum de Mhaoin Choimhearsnachdan Oirthir

## **COTHROM NAS FHEÀRR AIR CÒMHDHAIL PHOBLACH:**

Thug a' chomhairle aghaidh air a' cheist a thaobh ruigsinneachd air stad nam busaichean agus seirbheisean bus aig na rathaidean ath-shinte aig Blackdog.

## **BUAIDH:**

Ruigsinneachd nas fheàrr do luchd-cleachdaidh còmhhdhail phoblach.

**BAILE SIUBHAIL AMALAICHTE, EILEAN:** Tha a' chomhairle air a bhith ag obair gus piseach a thoirt air coiseachd is rothaireach ann an Eilean. Tha slighe Coille Tobar Caroline gu Pàirc Dhèir agus Rathad a' Chaisteil ga thogail a-nis. Tha dùil gun tòisich obair air Slighe Pàirce

MhicDhòmhnaill, a' gabhail a-steach slighe ùr, às dèidh crìoch a chur air slighe Coille Tobar Caroline. Chaidh eadar-theachdan boga leithid turasan stiùirichte agus trèanadh baidhsagal a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Cycling UK fo bhratach Bothy Siorrachd Obar Dheathain. Tha e-rothairean air mhàl a-nis ri fhaighinn bho Àrainn Coimhearsnachd Eilean.

## **CRUTHAICH AGUS CUR AN GNÌOMH PRÒGRAMAN SLÀINTE AGUS SUNND A' BROSACHADH CHOM-PÀIRTEACHAS AS MOTHÀ ANN AN SEIRBHEISEAN A THA A' GABHAIL A-STEACH COM-PÀIRTEACHADH FIOSAIGEACH, COM-PÀIRTEACHADH CULTARACH, SGOILTEAN AGUS MÒR-IONADAN SPÒRS COIMHEARSNACHD AGUS OUTDOOR AND ADVENTUROUS:**

Tha Leabharlannan Mheuldrum agus Eilean a-nis a' tabhann seiseanan Memories Scotland, agus tha luchd-obrach aig na dachaighean-cùraim taingeil airson seo le aon aca ag ràdh gu bheil e soilleir gun do chòrd an seisean gu mòr ris an luchd-còmhnaidh, tha deagh fhoghlam aig cuid den luchd-còmhnaidh (ged a tha iad a' fulaing le seargadh-inntinn a-nis) agus tha e a' toirt cothrom dhaibh gus pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean a tha mar an giùlan san àm a dh'fhalbh le bhith a' cumail deasbadaidh agus còmhraidhean domhainn. Tha na gnìomhan seo ag amas air seann daoine nach urrainn a dhol gu tachartasan gu fiosaigeach ann an leabharlannan Fearann Mhàrtainn. Tha na goireasan ceangailte ri eachdraidh ionadail agus shòisealta a' toirt faireachdainn de choimhearsnachd agus de chàirdeas dhaibhsan a tha a' gabhail pàirt ann agus iad a' cuimhneachadh air eileamaidean matha is buannachdail den àm a dh'fhalbh agus a' co-roinn chuimhneachain agus sgeulachdan le càch.

**MAOR-DÙTCHÀ:** Tha a' Chomhairle air cur ri faotainneachd nam maor-dùthcha aig Pàirc Dhùthchail Baile a' Mheadhain. Chaidh taic a thoirt dhan urras Coimhearsnachd leis na gnìomhan aca sa phàirc. Chaidh taic a chumail ri bhith a' cruthachadh Plana Stiùiridh Pàirc ùr.

## **Aithisgean:**

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomh Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.

Dè tha dol san sgìre agad?

# CEANN CHÀRDAINN IS A' MHAOIRN

**A' CRUTHACHADH DÒIGHEAN ÙRA AIRSON DÈILIGEADH RI DROCH SHLÀINTE-INNTINN:** Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain air pròiseact a dhèanamh mu bhith a' cruthachadh dhòighean gus dèiligeadh ri droch shlàinte-inntinn. Tha fòcas a' phròiseact air a bhith air piseach a thoirt air ruigsinneachd air seirbheisean a tha a' cur an aghaidh iomallachd sòisealta, agus aig an aon àm a bith a' cur ri cothrom air: Trèanadh slàinte-inntinn; Mothachadh Slàinte-inntinn; stiùireadh streas agus mothachadh air ath-leumachd.

**BUN-STRUCTAIR LEASAICHTE AIRSON SLÀINTE AGUS SUNND:**

Aig deireadh 2022, bha a' chomhairle air crìoch a chur air na leasachaidhean air taobh nan custamairean aig Amar-snàmh Phort Leathann. Tha na leasachaidhean air Amar-snàmh Phort Leathain air an ionad-inntrigidh "fhosgladh a-mach" agus air faireachdainn a' ghoireis ùrachadh – a' brosnachadh ìre-cleachdaidh nas àirde.

**AMAR SNÀMH AIR A' BHLÀR A-MUIGH, STONEHAVEN:** Tha a' chomhairle air tasgadh a dhèanamh ann an amar-snàmh a-muigh Stonehaven. Chaidh còrr is £100,000 a thasgadh ann an Amar-snàmh a-muigh Stonehaven a tha air an t-amar a dhèanamh seasmhach airson co-dhiù 20 bliadhna eile.

**ADHARTAS LE SGEAMA DION THUILTEAN STONEHAVEN** Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain air a bhith a' dèanamh adhartas leis an obair air sgeama Stonehaven. Thathar an dòchas gun lùghdaich an obair a tha ga dèanamh cunnart bho thuiltean san àm ri teachd agus gun dèan seo siubhal timcheall Stonehaven nas fhasa.

**GOIREASAN CLUICH ÙRAICHTHE ANN AN INBHIR BHIORBHAIDH, FOTHAIR CÀRN AGUS DRUIM M'AODHAIG** Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain air obair a dhèanamh gus an uidheamachd cluiche a leasachadh ann an Inbhir Biorbhaidh, Fothair Càrn agus Druim M' Aodhaig le bhith ag obair le buidhnean ioma-bhuidhnean, buidhnean coimhearsnachd ionadail agus a' cleachdadh Maoin Ath-nuadhachaidh Pàircean-cluiche Riaghaltas na h-Alba (£155,000). Thathar an dùil gun àrdaich seo tarraing nam pàircean cluiche agus gum broснаich e luchd-tadhail. Dh'fhaodadh buannachdan eile a bhith a' gabhail a-steach cothroman slàinte is fallaineachd nas fheàrr do dhaoine òga agus do an teaghlaichean.

**OIGHREACHD IOMCHAIHDH:** Aig ìre ionadail, tha an raon làr iomlan a-staigh airson stòrasan/feartan obrachaidh taobh a-staigh Cinn Chàrdainn agus a' Mhaoirne de 107,780sqm, a tha co-ionann ri 15.98% de phortfolio obrachaidh iomlan Siorrachd Obar Dheathain. Den spàs-làr obrachaidh ann an Cinn Chàrdainn is a' Mhaoirne thathar a' measadh gu bheil 105,806sqm (no 98.17%) ann an staid iomchaidh.

**CRUTHAICH PRÒGRAMAN A BHEIR PISEACH AIR SLÀITE AGUS**

**SUNND:** Tha a' Chomhairle ag obair gus prògraman slàinte is sunnd a chruthachadh agus a bhuileachadh, a' brosnachadh barrachd com-pàirt ann an seirbheisean air an libhrigeadh fo Com-pàirteachadh Fiosaigeach, Com-pàirteachadh Cultarach, Sgoiltean Gnìomhach is Mòr-ionadan Spòrs Coimhearsnachd agus *Outdoor and Adventurous*. Mar phàirt de seo:

- Tha Leabharlann Stonehaven air seiseanan ciùird is cabadaich agus Blethers and Board Games a thoirt a-steach.
- Tha Live Life Siorrachd Obar Dheathain air tòiseachadh air sgeama leasaichte Ionnsaich Snàmh ùr a libhrigeadh. Thèid leasan a libhrigeadh fad na bliadhna mar phàirt de seo agus bi e ag àrdachadh ìrean cleachdaidh agus ionnsachadh snàmh am measg ar n-òigridh.
- Tha Tachartas dileab Tour of Britain a chaidh a chumail ann an Stonehaven, air ìomhaigh rothaireachd a thogail ann an Ceann Chàrdainn is A' Mhaoirne.

**MAOR-DÙTCHA:** Tha a' chomhairle air àrdachadh a thoirt air faotainneachd nam Maor-dùthcha ann am prìomh phàirtean de Cheann Chàrdainn agus a' Mhaoirne airson am faicsinneachd agus an eadar-obrachadh le luchd-tadhail àrdachadh.

**Aithisgean:**

Gus faicinn mar a tha na gnìomhan/am fiosrachadh seo a' cur ri prìomhachasan iomlan na comhairle, faic [Planaichean Gnìomh Sgìreil agus Aithisgean Coileanaidh Sgìreil](#) na comhairle.

# Cò ris a tha sinn coltach an taca ri càch?

## FRÈAM SLAT-TOMHAIS RIAGHALTAS IONADAIL (LGBF):

Tha sreath de chomharran air aithris gach bliadhna leis a h-uile ùghdarras ionadail ann an Alba agus tha na toraidhean air am foillseachadh leis an t-Seirbheis Leasachaidh. Gach bliadhna, thathar ag iarraidh air seirbheisean ath-sgrùdadh a dhèanamh air an coileanadh an coimeas ri comhairlean eile agus gus aithris a thoirt seachad air gnìomhan leasachaidh a dh'fhaodadh dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' fàs nas fheàrr ann an raointean a chuidicheas sinn gus ar prìomhachasan a choileanadh. Tha an t-Seirbheis Leasachaidh a' tabhann [inneal feumail](#) air an làraich-lìn aca a leigeas leinn coimeas dìreach a dhèanamh eadar coileanadh Comhairle Siorrachd Obar Dheathain agus a' Chuibheasach Albannach no an taca ri comhairlean coltach rithe. Tha cuid de chomharran Frèam Slat-tomhais Riaghaltas Ionadail ann am plana na comhairle/seann phlanaichean buidhnean-stiùiridh/ Planaichean Gnothachais Ceannardan Seirbheis ùra agus bidh iad a' cuideachadh le bhith a' tomhas ar coileanadh mu choinneamh nam prìomhachasan

againn. Tha gach buidheann-stiùiridh ag aithris air Comharran Frèam Slat-tomhais Riaghaltas Ionadail mar phàirt den ùrachadh coileanaidh aca airson coileanaidh deireadh-bliadhna.

Tha 105 comharran air am foillseachadh airson Comhairle Siorrachd Obar Dheathain fo Fhrèam Slat-tomhais an Riaghaltas Ionadail. Tha an clàr gu h-ìosal stèidhichte air an fhiosrachadh a bha ri fhaighinn air 31 Màrt 2023. Thèid am fiosrachadh seo ùrachadh ann an ùine nach bi fada. Às na 105 comharran, chan eil dàta ann airson 22 aca airson 2021/22. Tha treandaichean san ùine-ghoirid a' sealltainn gu bheil 50 comharra air a dhol am feabhas bho àm aithris na bliadhna an-uiridh, gu bheil dà air fuireach mar a bha iad agus gu bheil 31 air crìonadh.

### Aithisgean:

[Adhartas mu choinneamh Prìomhachasan Seirbheis is LGBF](#)

## AN TRÈAND DÀ BHLIADHNAIL DE CHOMHARRAN SEIRBHEIS CEATHRAMHAIL THAIRIS AIR AN DÀ BHLIADHNA MU DHEIREADH:

Buidheann-stiùiridh:	Bliadhna	Àireamh chomharran ann an Cairteal 1 1-8	Àireamh chomharran ann an Cairteal 2 9-16	Àireamh chomharran ann an Cairteal 3 17-24	Àireamh chomharran ann an Cairteal 4 25-32	Cha deach seo fhoillseachadh airson na bliadhna seo fhathast.	Iomlan
Seirbheisean Gnìomhachais	2021/22	7	6	4	4	1	22
Seirbheisean Gnìomhachais	2020/21	9	2	6	5	0	22
Seirbheisean Foghlaim agus Chloinne	2021/22	3	7	5	7	16	38
Seirbheisean Foghlaim agus Chloinne	2020/21	8	10	8	11	1	38
Seirbheisean Àrainneachd agus Bun-structair	2021/22	8	9	8	4	5	34
Seirbheisean Àrainneachd agus Bun-structair	2020/21	9	10	9	6	0	34
Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta	2021/22	4	2	5	0	0	11
Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta	2020/21	2	1	3	1	4	11

# Freagairt Èiginneach: *Operation Unicorn*

**Air 8 Sultain 2022, chaochail A Mòrachd a' Bhanrigh fhad 's a bha i a' fuireach ann an oighreachd Bhaile Mhoireil ann an Siorrachd Obar Dheathain.**

Dh'obraich Comhairle Siorrachd Obar Dheathain còmhla ri com-pàirtichean gus Operation Unicorn a libhrigeadh.

## TOROIDHEAN IS BU Aidh:

- Chleachd timcheall air 8,500 neach na Seirbheisean Pàirc is Falbh a chaidh a chur air dòigh bho Bhealadair agus Bràigh Mhàrr gu Craichidh/Baile Mhoireil, agus thathar a' meas gun deach 2,000 gu Baile Mhoireil leotha fhèin, gun an co-fhaireachdainn a thoirt seachad.
- Bha eadar 18,500 agus 24,000 neach an làthair air an t-slighe cortège ann an Siorrachd Obar Dheathain.
- Thug sinn taic agus stiùireadh do riochdairean nam meadhanan a bha an làthair aig Baile Mhoireil, a' gabhail a-steach buidhnean naidheachd nàiseanta is eadar-nàiseanta.
- Thadhail 15,300 neach air duilleagan mun Bhanrigh Ealasaid air an làraich-lìn againn.
- Ràinig na puist meadhanan sòisealta againn mu a bàs agus na buaidhean obrachaidh às dèidh sin 880,000 luchd-cleachdaidh air Facebook a-mhàin. Chaidh fear de na puist againn a cho-roinn 576 tursan.
- Thug Comhairle Siorrachd Obar Dheathain aoigheachd do Mholadh a' Mhorair Lieutenant aig Bealadair, aon de thri tachartasan de a leithid ann an Alba, le tachartasan air an cumail cuideachd ann am Baile Obar Dheathain agus Baile Dhùn Dè. Chaidh seo a leantainn le Gairm an Rìgh a libhrig Ceannard Comhairle Siorrachd Obar Dheathain gu Morair-ionaid Siorrachd Obar-Dheathain, Siorrachd Bhanbh agus Shiorrachd Chinn Chàrdainn, as leth muinntir nan sgìrean sin.

Tha sinn air grunn rudan ionnsachadh bho libhrigeadh Operation Unicorn agus tha sinn air pàirtean den dealbhadh agus den fhreagairt ro-innleachdail againn a chur a-steach do dh'èileamaidean eile de phlanadh èiginn.

Bha obair com-pàirteachais bunaiteach do libhrigeadh Operation Unicorn agus tha sinn air leth pròiseil às a h-uile Oifigear a ghabh pàirt ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun robh e soirbheachail.





# Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd-Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail: (LOIP)

Fo Earrannan 8 agus 12 de dh'Àchd Cumhachdachadh Coimhearsnachd (Alba) 2015, tha e riatanach gum bi Plana Leasachaidh Builean Ionadail (LOIP) aig Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd (CPPan). Tha na planaichean seo, a chaidh a chruthachadh còmhla ri com-pàirtichean planadh coimhearsnachd, stèidhichte air trì prìomh shruthan-obrach a' comharrachadh na tha coimhearsnachdan ag ràdh a tha mar phrìomh chuspairean dhaibh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil guth aig na daoine anns gach ceàrnach de Shiorrachd Obar Dheathain. Tha na sruthan-obrach seo a' cuimseachadh air prìomhachasan agus gnìomhan a tha a' dèiligeadh ri bochdainn agus neo-ionannachd, a tha nan cùisean mòra nach gabh fhuasgladh ach a-mhàin le co-obrachadh le com-pàirtichean. Tha na planaichean leasachaidh builean ionadail a' toirt seachad frèam anns an urrainn gach com-pàirtiche cur gu gnìomhach ri bhith a' coileanadh nam prìomhachasan coitcheann aontaichte.

Anns a' Mhàrt 2017, dh'aontaich Bòrd CPP Siorrachd Obar Dheathain gu foirmeil ri trì prìomhachasan LOIP airson Siorrachd Obar Dheathain. Gus am urrainn dhan Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd CPP am plana 10-bliadhna seo a thoirt air adhart (2017 – 2027), chaidh trì buidhnean Com-pàirteachas Stiùiridh Ro-innleachdail (SLP) a stèidheachadh gus sùil a chumail air leasachadh nam prìomhachasan.

Às dèidh ath-sgrùdadh trì-bliadhna air prìomhachasan LOIP ann an 2020, rinneadh co-dhùnadh prìomhachasan LOIP ùrachadh gus an suidheachadh làithreach a nochdadh, stèidhichte air na bha an dàta ag innse dhuinn. Tha na trì prìomhachasan LOIP làithreach mar a leanas:

- A' lùghdachadh bochdainn
- Coimhearsnachdan Co-cheangailte agus Co-leanailteach (Planaichean Sgìreil)
- Slàinte agus Sunnd

Thèid Aithisg Bhliadhna Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail foillseachadh san t-Sultain air làrach-lìn a' Chom-pàirteachais Planaidh Coimhearsnachd. Gu h-ìosal chithear na pròiseactan làithreach a tha na prìomhachasan sin air libhrigeadh thar 2022 – 2023:

## Coimhearsnachdan Co-cheangailte agus Co-leanailteach (Planaichean Sgìreil)

### **BANCA BÌDH BUIDHEANN ATH-LEUMACHD COMHAIRLE COIMHEARSNACHD BHAILE NAM FRIEALACH –**

dh'fhosgail e anns a' Ghiblean 2021 agus tha e air ballrachd a thogail de chòrr is trì fichead ball sa deach mean air mhean. Air a ruith le saor-thoilich agus ag obair a-mach à àite sealach a thug gnìomhachas ionadail seachad, tha ballrachd fosgailte do luchd-còmhnaidh Bhaile nam Frisealach agus na sgìre mun cuairt, a' toirt cothrom do dhaoine tadhal air gach seachdain gus prìomh nighean fhaighinn. Rè 2022/2023, choilean an iomairt am plana gearr-ùine aca gus an urrainn do dhaoine seopadaireachd a dhèanamh gun stiogma, tha obair com-pàirteachais a' leantainn air adhart a' coileanadh a' phlana fad-ùine gus togalach maireannach nas motha a dhèanamh tèarainte le sùil a' bhith a' meudachadh na seirbheis a tha ri fhaighinn do bhuill.

## A' lùghdachadh bochdainn

A' comasachadh Tèarainteachd Bidh, tha a' Ceangal ri Coimhearsnachdan a' toirt taic do dh'àiteachan taobh a-staigh raointean cuimsichte ann an Ceann Chàrdainn is a' Mhaoirn, Fearann Mhàrtainn agus Banbh is Bùchainn aig nach eil ach beagan taic a thaobh bìdh agus / no ceanglaichean còmhdaidh airson a dhol a cheannach biadh. Thairis air na 12 mìosan mu dheireadh tha iad air taic a thoirt do 561 daoine – 232 dhiubh sin nan clann.

Is e an t-amas dèanamh cinnteach gum faigh luchd-còmhnaidh ann an àiteachan nas dùthchaile agus nas iomallaiche cothrom air measan is glasraich ùra aig cosgais ìosal agus a bharrachd air sin, gum faigh iad biadh FareShare math gus dèanamh cinnteach gum bi riaghladh air buidseatan taighe nas fhasa. Chan eil am pròiseact a' cuimseachadh air biadh a-mhàin ach tha e an dùil dèanamh cinnteach cuideachd gum faigh daoine fa leth taic a bharrachd gus dèiligeadh ris na factaran eile a tha a' cur ris na diofar dhùbhlain a tha mu choinneamh tòrr dhaoine, m.e. aonaranachd is iomallachd shòisealta / duilgheadasan ionmhais / ciorraman is slàinte-inntinn.



*“Tha coltach ris na seann làithean nuair a b’ àbhaist dhan bhan tighinn, tha e sgoinneil. Is urrainn dhomh mo mheasan is glasraich gu lèir a cheannach airson na seachdain agus thathar a’ cur luach mòr air a’ bhìadh a bharrachd a gheibh sinn.”*

**S, Coille Èigil**

*“Tha an reasabaidh airson brot a fhuair mi an t-seachdain sa chaidh sgoinneil agus mhair na rinn mi 2 latha. Tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith a’ faighinn barrachd reasabaidhean agus tha e math gun urrainn dhuinn na grìtheidean fhaighinn cuideachd”*

**M, Banbh**

*“Bidh sinn ag ithe gu math agus chan fheum sinn a dhol gu mòr-bhùthan agus tha na measan agus glasraich de chàileachd tòrr nas fheàrr agus mar sin tha sinn ag ithe barrachd mheasan is ghlasraich leis gu bheil e tòrr nas ùire.”*

**Neach-còmhnaidh, Turra**

## Slàinte agus Sunnd

**MIND YER MIND** – iomairt ‘Mind Yer Mind’ gus cuideachadh gus aire a thogail air deagh shunnd inntinn. Chaidh an iomairt seo a stiùireadh tron LOIP Slàinte is Sunnd, leis an NHS a’ stiùireadh na h-iomairt seo. Bha seo airson cur an cuimhne choimhearsnachdan cho cudromach ‘s a tha e coimhead às dèidh an sunnd inntinneil agus bhrosnaich e beagan bheachdan simplidh gus dèiligeadh ri seo. Am measg nan gnìomhan a chaidh a thoirt air adhart, tha:

- A bhith a’ cur air bhog làrach-lìn shònraichte airson na h-iomairt – chaidh tadhal air an [làraich-lìn](#) faisg air 700 thursan leis an àireimh as àirde de luchd-tadhal timcheall air an Dùbhlachd 2022.
- Chaidh iomairtean meadhanan sòisealta a chur air bhog aig an aon àm air Facebook, Twitter, agus Instagram – bha 219 eadar-obrachadh air àrd-ùrlaran nam meadhanan seo.
- Chaidh [leabhraichean-d roinneil](#) a chruthachadh airson gach tè de na sia raointean rianachd ann an Siorrachd Obar Dheathain – chaidh còrr is 400 lethbhreac a luchdachadh a-nuas bhon làraich-lìn.
- Sanasan brosnachaidh air rèidio ionadail a ruith fad trì mìosan
- Chaidh seisean webinar a chruthachadh agus a libhrigeadh; chaidh seo atharrachadh cuideachd airson a cho-roinn le buidhnean gus an cleachdadh iad e, agus cuideachd airson a bhith ga chleachdadh ann an leabharlannan ionadail
- Chaidh teachdaireachdan iomairt post-d a chur gu còrr is 1,500 buidhnean agus comainn choimhearsnachdan air feadh Siorrachd Obar Dheathain.
- Bha ùidh mhòr aig àrd-sgoiltean air feadh Siorrachd Obar Dheathain ann an seo le dòigh-obrach pileatach ga chruthachadh le aon acadamaidh leis an amas barrachd a thoirt a-steach aon uair ‘s gu bheil seo air a dhearbhadh.

# A' riaghaladh ar Cuid Ionmhais

## Prìomh Fhiosrachadh

- £ 1,339.83 airson Bann D den Chis Comhairle 2022/23 (àrdachadh de 3% bho 2021/22)
- £1,336.44 cuibheasachd na h-Alba 2022/23 airson Bann D (àrdachadh de 3% bho 2021/22)

**Tha ar Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine (MTFS) a' cumail taic ri libhrigeadh Plana na Comhairle agus prìomhachasan co-cheangailte rii bhith a' cur an cèill an fhrèam anns am bi goireasan rim faighinn sa mheadhan-ùine agus a' mìneachadh nan dùbhlann ionmhais a tha fa chomhair na Comhairle. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh e a' gabhail a-steach a' mhaoineachaidh teachd-a-steach is calpa gu lèir cho math ri cleachdadh cùl-stòrasan. Mar phàirt den MTFS, shuidhich a' Chomhairle am buidseat aice airson 2022/23 air [9 Màrt 2022](#) le beàrn maoineachaidh air fhuasgladh tro raon de shàbhalaidhean buidseit, cleachdadh Cùl-stòrasan agus àrdachadh de 3% sa [Chis Comhairle](#).**

Tha am pròiseas sgrùdaidh coileanaidh ionmhasail ag aithris do Chomataidhean Poileasaidh agus an uair sin dhan Chomhairle na phàirt riatanach den Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine. Tha e a' dèanamh coimeas eadar na barailean a chaidh a chleachdadh gus am buidseat a chruthachadh agus am fìor chaiteachas a bha ann agus air teachd a-steach a fhuairleadh, a' cur an comas a bhith a' chomharrachadh far a bheil na barailean a chaidh a chleachdadh gus am buidseat a shuidheachadh eadar-dhealaichte bhon t-suidheachadh an da-rìribh. Tha e a' dèanamh coimeas eadar na barailean a chaidh a chleachdadh gus am buidseat a chruthachadh agus am fìor chaiteachas a bha ann agus air teachd a-steach a fhuairleadh, a' cur an comas a bhith a' chomharrachadh far a bheil na barailean a chaidh a chleachdadh gus am buidseat a shuidheachadh eadar-dhealaichte bhon t-suidheachadh an da-rìribh.

## TEACHD A-STEACH NA MAOIN COITCHINN 2022/23

Tha a' Mhaoin Choitcheann a' suidheachadh cosgaisean airson a bhith a' ruith nan seirbheisean làitheil (ach a-mhàin taigheadas na Comhairle) agus a' sealltainn cò às a tha an t-airgead a' tighinn gus na cosgaisean sin a mhaoineachadh.

Chaidh am Buidseat Teachd-a-steach airson 2022/23 a shuidheachadh aig £661.563m a bha a' gabhail a-steach £11.603m de shàbhalaidhean is èifeachdasan agus gluasad lom de £4.569m bho na Cùl-stòrasan.

Lean a' Chomhairle air adhart a' sealltainn riaghladh ionmhais làidir ann an 2022/23 le suidheachadh cothromachadh iomlan. Bha seo a dh'aindeoin nan iomadh dùbhlann a bha romhpa tron bhliadhna, a' gabhail a-steach suidheachadh caochlaideach na h-eaconamaidh ag adhbharachadh prìsean lùtha àrd agus atmhorachd àrd gu cunbhalach, còmhla ri ìrean rèidh a tha ag èirigh agus iarrtasan airson àrdachadh pàighidh.

Lean buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte Covid-19 ann an 2022/23 a thaobh giùlan agus cleachdaidhean muinntir an àite. Tha seo air a bhith gu sònraichte cumanta taobh a-staigh nan goireasan aig Live Life ann an Siorrachd Obar Dheathain agus cùram taobh a-muigh na sgoile aig a bheil teachd-a-steach nas ìsle mar thoradh air atharrachaidhean san iarrtas às dèidh Covid.

## CUNNTAS TEACHD A-STEACH TAIGHEADAIS 2022/23

Tha 13,207 togalach taigheadais aig a' Chomhairle, fo a sealbh no air mhàl, agus tha an teachd a-steach agus caiteachas co-cheangailte ri riaghladh nan togalaichean sin ri fhacinn ann an Cunntas Teachd-a-steach an Taigheadais (HRA), cunntas reachdail a dh'fheumas a' Chomhairle a chumail air leth bhon Mhaoin Choitcheann.

Feumar a h-uile cosgais a bhios ann, agus teachd-a-steach màl luchd-gabhail agus cosgaisean seirbheis a gheibhear ann an solar àite-fuirich air màl a chumail anns an HRA. Feumaidh an teachd-a-steach seo a bhith gu leòr gus caiteachas air an HRA a chòmhdach.

Chaidh buidseat an HRA a shuidheachadh air [23 Gearran 2022](#) (nì 5) aig £67.973m. Aig deireadh na bliadhna ionmhais chaidh suidheachadh cothromachaidh a choileanadh. A dh'aindeoin ìrean Cruinneachadh Màl a bhith a' tuiteam bho 99.55% ann an 2021/22 gu 99.17% ann an 2022/23, bha ìrean cruinneachaidh Siorrachd Obar Dheathain fhathast nas àirde na cuibheasachd Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba de 98.67% (stèidhichte air figearan 2021/22). San aon dòigh, tha coileanadh cùl-fhiachan iomlan fhathast an ìre mhath làidir le cùl-fhiachan iomlan co-ionann ri 5.42% den mhàl iomlan againn ri phàigheadh ann an 2022/23. Ged a tha seo na àrdachadh an taca ris an 4.98% a chaidh aithris ann an 2021/22, tha e gu math nas ìsle na cuibheasachd Ùghdarras Ionadail na h-Alba de 7.89% ann an 2021/22 agus tha Siorrachd Obar Dheathain fhathast mar aon den fheadhainn as treasa am measg Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba a thaobh seo.

## CAITEACHAS LÒM BHO THEACHD A-STEACH 2022/23

2022/23	Caiteachas Lom £	Cosgais gach neach san sgìre* £
Seirbheisean Gnìomhachais	46,757,000	178
Coimhearsnachdan	168,017,000	640
Seirbheisean Foghlaim is Chloinne	388,965,000	1,481
Seirbheisean Bun-structair	70,621,000	269

\* stèidhichte air àireamh-sluaigh Siorrachd Obar Dheathain 2021 – 262,690

## CAITEACHAS BHON MHAOIN CHALPA COITCHINN 2022/23

Tha caiteachas calpa diofraichte ri caiteachas teachd-a-steach oir is e caiteachas air a bhith a' faighinn stòrasan ùra no a' leasachadh ghoireasan a th' ann mar-thà leithid togalaichean no rathaidean seach caiteachas làitheil air libhrigeadh sheirbheisean.

Tha plana tasgadh calpa na Comhairle a' coimhead air riathanasan tasgadh calpa gus prìomhachasan na Comhairle a libhrigeadh mu choinneamh na th' ann de dh'airgead taobh a-staigh an MTFS iomlan. Tha cleachdadh èifeachdach nan stòrasan calpa, a' gabhail a-steach stiùireadh maoin, bunaiteach ma tha a' Chomhairle gu bhith a' coileanadh a h-amasan ro-innleachdail sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine.

Ann an 2022/23 chosg a' Chomhairle £84.439m air pròiseactan Calpa, bha seo £62.538m na b' ìsle na an suidheachadh buidseit ath-sgrùdaichte no 43% na b' ìsle na bha dùil. Bha an caiteachas na b' ìsle na bhathar an dùil thairis air mòran phròiseactan taobh a-staigh a' phlana calpa mar thoradh air dhùbhlain sèine-solair mu ghainnead luchd-obrach, bathar agus stuthan amh.

### Bha na prìomh tasgaidhean air na pròiseactan a leanas:

- Goireas Lùths bho Sgudal
- Ath-chòmhdachadh agus ath-thogail rathaidean
- Obair càiridh cuairt-beatha (toglaichean na Seirbheis Choitcheann na Comhairle)
- Maoin Bun-structair
- Carbadan

## A' MAOINEACHADH A' PHLANA CHALPA

Tha am Plana Calpa Maoin Coitcheann air a mhaoinachadh le measgachadh den Thabhartas Calpa Choitcheann bho Riaghaltas na h-Alba, Cuidhteasan Calpa agus lasadan.

## CAITEACHAS CALPA HRA

Chaidh buidseat an HRA a shuidheachadh air 23 Gearran 2022 (nì 5) aig £84.664m. Dh' aontaich a' Chomhairle £0.879m a ghiùlan air adhart bho 2021/22, agus dh' aontaich iad cuideachd buidseat a bharrachd de £0.530m, a' toirt buidseat calpa ath-sgrùdaichte HRA gu £86.073m. Bha an fhìor chaiteachas tron bhliadhna aig £67.388m no £18.685m nas ìsle na am buidseat. Coltach ri prògram calpa na Maoin Choitcheann, thug gainnead obrach leantainneach, dùbhlain sèine-solair, cothrom air stuthan amh agus prìsean buaidh air a' phrògram HRA. Thèid a' chosgais nas ìsle na bha dùil ann an 2022/23 ath-dhealbhadh airson a chleachdadh sna bliadhnaichean ri teachd, le pròiseactan air an dèanamh nas fhaide air adhart na bha dùil, a' toirt buaidh thionalach air goireasan air am buidseatadh sna bliadhnaichean ri teachd.

Bha na prìomh tasgaidh air na pròiseactan a leanas:

- Program togail thaighean ùra
- Planaichean leasachadh taigheadais
- Prògram cothromachadh-carbon san taobh a-staigh

# A' lìbhrigeadh an luach as fheàrr

## Plana Leasachaidh Corporra

Tha am Plana Leasachaidh Corporra againn a' gabhail a-steach planaichean gnìomh leasachaidh àrd-ìre na comhairle a tha co-cheangailte ri Luach as Fheàrr is Fèin-luachadh. Bithear ag aithris dhan Chomataidh Sgrùdaidh air adhartas leis a' phlana gach trì mìosan.

Dè an t-adhartas a tha sinn a' dèanamh?

**55** Gnìomhan


**9** Air coileanadh san 12 mìos mu dheireadh

**2** Gnìomhan a tha fadalach

**8** Rin coileanadh san ath 12 mìos

**0** Gnìomhan a chaidh a chur dheth

### Solas-trafaig



\*Tha figearan stèidhichte air a h-uile gnìomh sa Phlana Leasachaidh Chorporra, a' gabhail a-steach fo-ghnìomhan agus na gnìomhan farsaing aca.

■ a' dol air adhart mar as còir/crìochnaichte ■ far targaid

# Plana Leasachaidh Corporra

## PRÌOMH LEASACHAIDHEAN:

**UALLACH AGUS ATH-LEUMACH:** Tha a' Chomhairle air dòigh-obrach a chruthachadh gus mothachadh àrdachadh air feadh na buidhne airson iomairtean corporra, a' gabhail a-steach uallach an neach fa leth agus ath-leumachd

**PLANA ÙR NA COMHAIRLE:** Tha a' Chomhairle air a bhith ag obair gu cruaidh gus dèiligeadh ri barrachd eallach obrach agus gus sùil a chumail air dùilean chustamairean agus Chomhairlichean. Tha Plana ùr na Comhairle a chaidh aontachadh san t-Samhain a' dèanamh tòrr gus dèiligeadh ri seo. Thòisich aithris air Plana ùr na Comhairle san Fhaoilleach 2023, le aithisgean gan toirt dhan chomataidh sa Chèitean/san Ògmhios 2023.

**ATH-LEUMACHD COIMHEARSNACHD** Chaidh obair a dhèanamh gus ath-leumachd coimhearsnachd a thogail gus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan deiseil airson suidheachaidhean èiginn, gun tèid innse dhaibh mu na tha a' tachairt agus gu bheil fios aca cò dha agus càite an tèid iad airson cuideachadh. Chaidh an sanasachd aontachd de stuthan mu bhith ag ullachadh airson a' gheamhraidh agus airson suidheachaidhean èiginn mar neach fa leth agus mar dhachaigh a chur an gnìomh san Dùbhlachd 2022.

**PLANADH FEACHD-OBRACH** Thathar a-nis ag aithris air plana gnìomh planadh feachd-obrach gu cunbhalach agus thathar a' toirt cunntas air gnìomhan planaidh sgioba-obrach do chomataidhean agus aonaidhean-ciùird gach 6 mìosan. Bidh Bòrd an Atharrachaidh Ro-innleachdail a' beachdachadh gu cunbhalach air a' bhuidhe a bhios aig planadh feachd-obrach agus a' dèanamh lèirmheas air modh-obrach na buidhne.

**RÈITEACHAIDHEAN SGRÙDAIDH ÙRA AGUS MOTHACHADH ORRA:** Tha sinn air mothachadh a bhrosnachadh mu na modhan sgrùdaidh ùra am measg Bhuill Thaghte agus oifigearan tro thrèanadh, stiùireadh agus taic agus gus prògraman sgrùdaidh a chruthachadh agus aontachadh leis a h-uile Comataidh Sgìreil agus Poileasaidh. Chaidh seisean sgrùdaidh a chumail leis na sia Comataidhean Sgìreil uile tràth ann an 2022. Chaidh trèanadh air sgrùdadh a chumail cuideachd mar phàirt de dh'inntirgeadh na Comhairle ùire air 27 Ògmhios 2022, agus bidh clàradh den t-seisean seo ri fhaighinn air Aldo, còmhla ri stuthan trèanaidh ùraichte agus stiùireadh do Bhuill agus Oifigearan. Tha prògraman sgrùdaidh a chruthachadh agus aontachadh leis na ceithir Comataidhean Poileasaidh, agus ceithir Comataidhean Sgìreil, leis an dà chomataidh eile ri aithris san Lùnastal.

## THA SINN FHATHAST AG OBAIR AIR:

- Tha sinn fhathast a' leasachadh hub dàta corporra gus anailis dàta làidir a bhrosnachadh, cho math ri dealbhadh seirbheis tapaidh stèidhichte air feumalachdan nan saoranach againn thairis air buidhnean com-pàirteachaidh.
- Tha sinn a' leantainn oirnn a' cruthachadh ro-innleachd solair a nì cinnteach gun cleachdar goireasan gu h-èifeachdach le fòcas air atharrachadh na gnàth-shìde agus seasmhachd
- Tha sinn a' cumail oirnn a' cruthachadh dòigh-obrach nas cunbhalache airson a bhith a' dèiligeadh ri droch choileanadh luchd-obrach

## PRÌOMH OBAIR LEASACHAIDH AIRSON NA BLIADHNA RI TIGHINN:

- Obraichidh sinn le saoranaich gus an cuideachadh gus na miannan didseatach aca a thoirt gu buil tro libhrigeadh na Ro-innleachd Didseatach
- Seallaidh sinn mar a tha sinn a' cleachdadh slatan-tomhais gus cur ri leasachadh seirbheis
- Nì sinn ath-sgrùdadh air pròiseas suidheachadh nam buidseatan gus a bhith a' gabhail a-steach planadh ionmhais thar ùine nas fhaide, barrachd com-pàirt le luchd-ùidh (a' gabhail a-steach coimhearsnachdan) agus buidseatadh com-pàirteachaidh.
- Nì sinn sgrùdadh air cothroman co-roinn dàta le com-pàirtichean

### Aithisgean:

[Ùrachaidhean sa Phlana Leasachaidh Chorporra](#)

# A' libhrigeadh an luach as fheàrr: Sgrùdadh bhon taobh a-muigh

## AITHISG IN-SGRÙDAIDH:

**Aithisg Sgrùdaidh a-muigh Bhliadhnail: Tha a' chomhairle air a sgrùdadh le Sgrùdadh Alba, no neach-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh air a chur an dreuchd le Sgrùdadh Alba gach bliadhna. Tha an sgrùdadh bhon taobh a-muigh a' cuimseachadh air a' cheist a bheil a' chomhairle a' stiùireadh a cuid ionmhais chun nan ìrean as àirde agus a' faighinn an luach as fheàrr de dh'airgead phoblach.**

## PRÌOMH THOROIDHEAN:

**CUNNTASAN BLIADHNAIL:** Tha beachdan sgrùdaidh air cunntasan bliadhnail na comhairle, a' bhuidheann aice, agus air na ceithir carthannasan earrann 106 a tha air an rianachd leis a' chomhairle gun atharrachadh. Bha an aithris riaghlaidh bhliadhnail agus an aithisg tuarastail co-chòrdail ris na h-aithrisean ionmhais agus air an ullachadh gu ceart a rèir nan riaghailtean agus an stiùiridh iomchaidh. Feumar piseach a thoirt air rèiteachaidhean airson a bhith ag ullachadh aithris luchd-stiùiridh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ris an stiùireadh reachdail iomchaidh agus gus am bi dòigh-obrach cho-òrdanaichte ann airson cunntas a thoirt air coileanadh na comhairle.

**STIÙIREADH IONMHAIS** Feumar comas-libhrigidh taobh a-staigh obair an ionmhais a neartachadh agus dh'fhaodte gum feum a' chomhairle beachdachadh air fuasglaidhean ùr-ghnàthach. Tha rèiteachaidhean rianachd ionmhais gu ìre mhòr iomchaidh. Leis na dùbhlain a th' air a bhith ann air feadh na roinn poblaich ann a bhith a' libhrigeadh prògraman calpa, tha cothrom ann a bhith nas soilleire an dà cuid a thaobh plana a ghabhas coileanadh agus a thaobh na buaidh ionmhasail a thig bho bhacaidhean is dàil.

**SEASMACHD IONMHASAIL:** Tha a' chomhairle a' leantainn air adhart ag ullachadh bhuidseatan 5-bliadhna taisbeanach mar phàirt den Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine (MTFS). Tha an ro-aithris as ùire air comharrachadh gum bi beàrn maoineachaidh tionalach ann de £48m gu 2026/27. Tha ùrachadh air tòiseachadh air na pròiseasan a chaidh a chleachdadh gus am MTFS a chruthachadh.

**AITHRIS RIAGHLAIDH BHLIADHNAIL 2022/23** Chaidh an aithris riaghlaidh bhliadhnail againn aontachadh leis a' Chomataidh Sgrùdaidh san Ògmhios 2022 agus chuir an t-Àrd-Oifigeir againn agus Ceannard na Comhairle ainm ris.

**RIAGHLADH AGUS FOLLAISEACHD** Tha a' chomhairle a' leantainn air adhart ag ullachadh bhuidseatan 5-bliadhna taisbeanach mar phàirt den Ro-innleachd Ionmhais Meadhan-ùine (MTFS). Tha an ro-aithris as ùire air comharrachadh gum bi beàrn maoineachaidh tionalach ann de £48m gu 2026/27. Tha ùrachadh air tòiseachadh air na pròiseasan a chaidh a chleachdadh gus am MTFS a chruthachadh.

**FEABHAS LUACH:** Tha prìomhachasan ùra na comhairle, a chaidh aontachadh san t-Samhain 2022, nas soilleire nan rùn. Le bhith a' comharrachadh coileanadh co-cheangailte air an tèid aithris bho 2023, bu chòir seo leigeil leis a' chomhairle aithris air adhartas mu choinneamh prìomhachasan agus comharrachadh far a bheil leasachadh a dhìth. Chan eil targaidean air an suidheachadh fhathast airson gach comharra. Chaidh planaichean coileanta a chruthachadh do bhuidhnean-stiùiridh gus taic a chumail ri prìomhachasan na comhairle airson 2021/22. Ach, cha deach mòran adhartais a dhèanamh ann a bhith a' sealltainn a bheil a' chomhairle a' libhrigeadh a prìomhachasan. Bha e doirbh dhan chomhairle dealbh soilleir a thoirt seachad air a coileanadh tron aithisg coileanaidh bhliadhnail. Tha barrachd mothachaidh aig a' chomhairle air an fheum air leasachadh leantainneach, tha barrachd fianais ann air cleachdadh fiosrachadh dèanadais agus slatan-tomhais ach feumaidh seo a bhith freumhaichte mar phàirt de cho-dhùnaidhean. Tha astar an atharrachaidh, mar fhreagairt air Aithisg Dearbhadh Luach as Fheàrr na comhairle, air a bhith nas slaodaiche na bha dùil gu ìre a chionn 's gun robh aig a' chomhairle ri bhith a' gluasad stòrasan gu tachartasan mòra. Ged a chaidh bunaitean matha a stèidheachadh, tha feum air barrachd fòcais a-nis air a bhith a' libhrigeadh bhuilean agus a' nochdadh buaidh.

**Sgrùdadh Bliadhnail – thèid fiosrachadh 2021/22 fhoillseachadh nuair a bhios e ri fhaighinn ann an 2023.**


## Aithisgean:

Sgrùdadh Alba: [Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail 2021/22](#)




# Na dh'innis sibh dhuinn: *Lorgaire Cliù*


Tha mi riarichte leis na seirbheisean a bhios Comhairle Siorrachd Obar Dheathain a' libhrigeadh




Tha luach an airgid aig seirbheisean Comhairle Siorrachd Obar Dheathain




Bidh a' Chomhairle a' toirt aire do bheachdan an luchd-còmhnaidh



Tha Comhairle Siorrachd Obar Dheathain èifeachdach agus air a ruith gu math



Mholainn Comhairle Siorrachd Obar Dheathain



**Aithisgean:**  
[Aithrisean an Lorgaire cliù](#)

# Na dh'innis sibh dhuinn: Gearanan

## GEARANAN:

Cia mheud gearan a fhuair sinn?

2133

Cia mheud gearan a dhùin sinn?

2096

Cia mheud gearan a chaidh a chumail suas/a chumail suas gu ìre?

860 (41% de ghearanan dùinte)

Cia mheud gearan a chaidh àrdachadh dhan SPSO?

53 (2.5% de ghearanan dùinte)

Cia mheud gearan a chaidh àrdachadh dhan SPSO a chaidh a chumail suas/a chumail suas gu ìre?

2 (4.4% de na gearanan a chaidh àrdachadh dhan SPSO)

Cia mheud sgrùdadh a chaidh a thòiseachadh le Ombudsman Roinn Poblach na h-Alba?

- Iomlan 53
- Air a chumail suas: 2
- Cha deach a chumail suas: 2
- Air a chumail suas gu ìre: 0
- Cha deach gnìomh sam bith eile a dhèanamh oir cha deach fàilligeadh seirbheis no droch-rianachd a lorg le SPSO: 41
- A' feitheamh ri co-dhùnadh: 8

Cia mheud gearan a fhuair sinn a rèir seirbheis?

Gearanan a fhuaradh a rèir buidheann stiùiridh		
Buidheann-stiùiridh:	2021/22	2022/23
Seirbheisean Gnìomhachais	192	256
Foghlam agus Seirbheisean Cloinne	303	310
Slàinte is Cùram Sòisealta	87	66
Seirbheisean Bun-structair	1319	1402
Live Life Siorrachd Obar Dheathain	103	94
<b>Iomlan</b>	<b>2004</b>	<b>2128</b>

## Sgrùdadh Cùise:

### Ms V (Taigheadas – Seirbheisean Teanantachd / Roghainnean is Dith Dachaigh)

Ghearain Ms V ris a' Chomhairle mun dòigh san do làimhsich iad na h-aithrisean aca mu dhol-a-mach mì-shòisealta leis na nàbaidhean aca, agus un uair sin, às dèidh taigh ùr a bhith air a thabhann dhaibh gus an toirt air falbh bhon t-suidheachadh, rinn Ms V gearan mun dòigh anns an deach seo a dhèanamh. oir bha i den bheachd nach robh e cothromach. Rinn a' Chomhairle rannsachadh agus fhreagair i gearanan Ms V, ach lean Ms V agus an luchd-tagraidh aca orra a' gearain ris a' Chomhairle mu chùisean a bhathas den bheachd a bha dùinte às dèidh rannsachadh ionadail air a' ghearan. Às dèidh dhaibh na gearanan aca a thoirt gu SPSO, fhuair iad a-mach gun robh na ceumannan a ghabh a' Chomhairle gus gearan Ms V a rèiteach reusanta agus, nuair a dh'aithnich e so-leòntachd Ms V agus leis nach robh e coltach gun rachadh a' chonnsaid eadar na nàbaidhean a rèiteach, fhuair an SPSO gun robh an làimhseachadh de ghluasad taigheadais Ms V às dèidh seo reusanta. Rè rannsachadh an SPSO chaidh a thoirt fa-near gun robh a' Chomhairle air ar Poileasaidh Gnìomhan Neo-iomchaidh a chleachdadh ann am prionnsabal a thaobh fear den luchd-tagraidh aig Ms V. Ach, a chionn 's gun robh iad air innse nach biodh iad a' conaltradh ris a' Chomhairle a-rithist, cha deach fios foirmeil a thoirt dhan neach-tagraidh gun robhar gan làimhseachadh a rèir a' phoileasaidh seo. Thug an SPSO fios air ais dhan Chomhairle air a' chùis seo, a' cur nan cuimhne gum bu chòir fios a bhith aig luchd-gearain agus an luchd-tagraidh nuair a thathar a' meas gu bheil an giùlan aca neo-chuideachail agus dùbhlach gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aca a dhol an sàs ann an dòigh nas brioghmhoire. Uile gu lèir, bha an SPCO den bheachd gun robh na gnìomhan a ghabh a' chomhairle reusanta agus cha do chum iad suas gearanan Ms V. Dh'aidich an SPSO gur e cùis iom-fhillte a bha seo a bha a' gabhail a-steach grunn phàrtaidhean le grunn ghearanan eadar-dhealaichte a rinneadh dèanamh thar ùine fhada. Fhuair iad gun robh am faidhle gearain air a dheagh eagrachadh agus bha fianais ann gun robh diofar roinnean agus buidhnean a' co-obrachadh gu math le sùil ri gearanan Ms V a rèiteach.

## Aithisgean:

[Aithisgean Gearain ràitheil is bliadhnail](#)

# Na dh'innis sibh dhuinn: Moladh

“Às dèidh dhomh gluasad gu Westhill bho chionn ghoirid, bha mi air leth toilichte le mar a chaidh na frith-rathaidean timcheall air a' bhaile a chlioraigeadh nuair a bha sneachd ann bho chionn ghoirid, tha e air beatha a h-uile duine a dhèanamh tòrr nas fhasa agus gun dragh sam bith oirnn ro bhith a' dol a-mach agus a' tuiteam air deigh. Bha mi dìreach airson taing a thoirt dhuibh!

“Rinn an t-Oifigear agus OT obair air leth math gach turas, bha iad furasta bruidhinn riutha, cuideachail agus fhreagair iad a h-uile ceist gu sgiobalta agus gu h-èifeachdach. Rinn an luchd-ciùird ionadail obair mhath cuideachd. Cha bhiodh sinn air a' phròiseact seo a choileanadh às aonais na h-obrach a rinn a h-uile duine a chaidh ainmeachadh gu h-àrd.”

“Uill tha mi dìreach airson taing mhòr a thoirt dhuibh airson na h-obrach a rinneadh air an t-slighe a-steach dhan fhrith-rathad agam air an rathad...”

“Tha dial-a-bus A2B mìorbhaileach. Lorg mi e dìreach aig an aon àm ri bhith a' call mi mo chead dràibhidh air sgàth sealladh-tunail. Tha am bus feumail fhèin. Cleachdaidh mi e dà thuras san t-seachdain airson a dhol eadar an Tòrr Fionn agus Beanncharaidh. Nam biodh e a' ruith air làithean eile bhithinn ga chleachdadh an uair sin cuideachd.”

“Taing mhòr dhan sgioba a tha a' cumail suas taighean-beaga poblach nam bànn ann am Beanncharaidh. Bha mi dìreach airson a ràdh cho glan agus cho math 's a bha iad nuair a thadhail mi orra aig an deireadh-sheachdain.”

“An dèidh dhomh gluasad gu Port Leathan bho chionn ghoirid agus mi a' gluasad a-steach do thaigh ùr, bha agam ri grunn thursan a ghabhail gu Ionad Ath-chuartachaidh Phort Leathain. Gach turas tha luchd-obrach an ionaid air a bhith air leth cuideachail dhomh agus tha an t-ionad air a ruith ann an dòigh a tha gu math èifeachdach agus goireasach.”